

An Gàidheal Ùr

A' RIOCHDACHADH NA COIMHEARSNACHD GHÀIDHLIG

Fon 01851 706877 Facs 01851 706467

An t-Sultain, 2005

www.an-gaidheal-ur.co.uk

Aireamh 94

Taobh a-staigh
pàipear na mìos
seo:



Ath-bheòthachadh
dha na h-ealain ann
an Innse Gall

duilleag 7



Draghan a'
chonaidh a' sìor
dol am meud

duilleag 3

Ceist ag èirigh mu làimhseachadh sgudal niùclasach

The fear de dh'ard-chomhairlichean na Gaidhealtachd air dubh-chàineadh a thoirt air comataidh an Riaghaltais a tha a' coimhead as dèidh a bhith dèiligeadh le sgudal niùclasach.

Thuir Daibhidh Alston nach biodh earbsa aige ann an Comataidh Stiùiridh Sgudail Rèidio Beò ann a bhith cur às do bhaga pàipeir sàbhailte, gun luaidh air stuth cunnartach niùclasach.

Tha Comhairle na Gaidhealtachd air a bhith a' còmhradh ris an CSSRB mu dheidhinn ciamar as urrainn an stuth cunnartach a stòradh gu sàbhailte airson ùine fhada.

Ach, chan eil earbsa idir aig Mgr Alston annta agus tha a' chomhairle air a dhèanamh soilleir nach bi iad idir toilichte mar thèid an sgudal a ghleidheadh ann an Dùn-Ràth.

A rèir Mgr Alston tha fiosrachadh a-nis a' tighinn am bàrr mun chomataidh a tha a' sealltainn nach eil iad idir freagarrach airson an obair chudthromach a tha rompha a choileanadh.

"Thug sinn freagairt dhaibh san Ògmhios ag ràdh gun robh sinn deònach cumail òirn a' bruidhinn riutha," thuir e. "Ach bhon uairsin tha fiosrachadh air a thighinn thugam a tha cur fìor dhragh orm mu dheidhinn an CSSRB."

"Chaidh an càineadh le comataidh taghte Taigh nam Morairean. Thatar ag aithris gu bheil comhstri ùidhean aig an treas dhe na buill. An aon duine air a' chomataidh aig an robh eòlas air slàinte co-cheangailte ri stuth niùclasach b' e an Dotair Keith Baverstock, a chaidh a chur far na comataidh, 's dòcha seach nach robh e deònach aontachadh riutha.

"Leig an t-Ollamh Daibhidh Ball, ris an robh sinne ag obair còmhla air rudan eile air a' chomhairle, dheth a dhreuchd air a' chomataidh ann an gràin. Tha e ag ràdh gu bheil a' chomataidh a' toirt a' chreidsinn rudan orra fhèin, gu bheil iad easbaidheach ann an follaiseachd is fosgaileachd, mì-dheònach gabhail ri comhairle eòlach agus tha e ag ràdh nach bu chòir gabhail ri na thachair leis an Dr Baverstock air chor cheart sam bith."

Lean e air: "Tha teagamh agam am biodh a' bhuidheann seo comasach air comhairle a thoirt seachad airson cur às do bhaga pàipeir, gun luaidh air sgudal rèidio-beò."

"Tha a' chomhairle air iarraidh air a' chomhairle againn fhèin a thighinn air ais agus barrachd fiosrachadh a thoirt dhuinn, ach am faigh sinn air greimeachadh air a' chùis."

"Feumaidh sinn cuideachd faighneachd an urrainn dha earbsa a bhith againn ann mar a tha CSSRB ag obair. Ma tha iad air rudan a dhèanamh ceàrr agus ma tha daoine ann a tha a' comhstri le ùidhean feumaidh sinn sin a thoirt fan comhair."

Dh'innis Mgr Alston nach e idir an dragh as motha a tha air gun co-dhùin a' chomataidh àite-stòraidh sgudail a shuidheachadh air Ghaidhealtachd.

"Chan e sin idir an rud a tha cur an uallaich as motha orm aig an ìre seo," thuir e. "'S e an t-eagal a th' orm gun tig a co-dhùnidhean ro luath. Tha duilgheadas ann le cur às do sgudal rèidio beò agus feumar freagairt a lorg gu sgiobalta. Feumaidh an sgudal gluasad bho os cionn talmhainn gu gu h-ìosal. Feumar a bhith comasach fhaighinn air ais ma gheibhear freagairt nas fheàrr san àm ri teachd."

"Ach, tha e na chunnart sàbhailteachd. Dh'fhaodar gu feuch ceannarcaich air. Tha sin follaiseach dhòmhsa ach an-dràsta chan fhaod an CSSRB a dheasbad. Tha sin a' toirt a' falbh bho chabhagachd a' cho-dhùnidh. Thug e dà bhliadhna bhuaipa an cùlaibh a thionndadh ri moladh airson an stuth gu lèir a spreadhadh dhan fhànas. Chan eil earbsa agam annta ma tha iad cho fada ri sin a' tighinn gu co-dhùnidhean."

Slàinte spaideil dha uisge-beatha Gàidhlig



Tha a' bhùth cliùiteach Harrods air an uisge-beatha "Poit Dhubh" a chur na phàirt de thaisbeanadh a' ruith an-dràsta ann an Lunnainn

Tha an cànan Gàidhlig na phàirt de thaisbeanadh cliùiteach a tha an-dràsta ruith ann am bùth mhòr spaideil Harrods ann an Lunnainn.

Chaidh an t-uisge-beatha "Poit Dhubh" a thaghadh mar phàirt dhen sgeama a tha ag amas air nithean fìor Bhreatannach a bhrosnachadh.

Gheibhear botal dhen Phoit Dhubh, a tha 30 bliadhna a dh'aois, ri cheannachd airson £160 agus e air an aon sgeilp ri brandaidh is deòchan làidir cliùiteach eile.

Tha Poit Dhubh na phàirt de na h-uisgeachan beatha Gàidhlig a tha air an grùideadh leis an fhear-

ghnìomhachas Mairistair Iain Noble, aig a bheil oighreachd ann an ceann-a-deas an Eilein Sgitheanaich.

Thuir Dùbghlas Mac a' Ghobhainn, stiùiriche margaidheachd nan uisgeachan beatha Gàidhlig: "Nuair a dh'fhòn Harrods bha sinn air ar dòigh. 'S e fìor aithne a tha ann do inbhe ar n-uisgeachdan beatha cuireadh fhaighinn gu taisbeanadh cho cliùiteach ri seo, agus gu sònraichte na aithne air cho tarraingeach 's a tha an t-uisge-beatha daor mar thiodhlac."

"Tha daoine cliùiteach bho air feadh an t-saoghail nan luchd-ceannachd aig Roinn Fion Harrods agus

tha sin a' toirt fìor chothrom dhuinn teachdaireachd nan uisgeachan beatha Gàidhlig a sgaoileadh.

"Tha sinn cuideachd airson fhaicinn dè mar a ghabhas na boireannaich ris, oir tha rannsachadh ann an Alba air sealltainn gu bheil an àireamh ris a bheil e a' còrdadh air èirigh gu mòr.

"Tha mòran a' coimhead airson deochan traidiseanta eadar-dhealaichte bho na spioradan geal agus tha uisge-beatha measgichte mar dhòigh tarraingeach air faighinn a-steach air an roinn sin."

**TOG
FEAR
AN-DIUGH
AN ASGAIDH**

An Gàidheal Ùr

Neach-deasachaidh
Murray MacLeòid

Seòladh

Taigh à Mhorair Leverhulme

Ceàrnag Phearsabhail

Steòrnabhagh

Eilean Leòdhais

HS1 2DD

Fòn: 01851 706877

Facs: 01851 706467

sanas@agu.org.uk

Oifigear-sanasachd:

Marina NicLeòid

Fon: 01851 703487

An Gàidheal Ùr

Cuin 's Caite

Dihaoine 16mh

Eilginn – Bidh Aly Bain agus Phil Cunningham a' cluich ann an Talla a' Bhaile, Eilginn air an oidhche seo. Airson tuilleadh fiosrachaidh cuiribh fòn air 01343 562 600.

Disathairne 17mh

Ceann Loch Gilb – Bidh am Mòd Ionadail mu dheireadh na bliadhna seo a' gabhail àite air an latha seo ann an Ceann Loch Gilb agus theid cèilidh a chumail air an oidhche.

Disathairne 24mh

Àrd Rois – Thigibh gu Talla Choimhearsnachd Àrd Rois air an oidhche seo airson oidhche le Donnchadh Siosalach agus Ivan Drever. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mun chuirm-chiùil seo air 01349 880 591.

Peairt – Bidh na Blazin Fiddles a' cluich ann an Talla Cuirm-Chiùil Pheairt air an oidhche seo, agus bidh Mike Cleveland agus a' chomhlàn cuideachd an làthair. Bidh a' chuirm-chiùil seo a' tòiseachadh aig 8f. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh 0845 612 6319. Cosgaidh tìceadan £12/10.

Dimàirt 27mh

Port Rìgh – Theid cuirm-chiùil a chumail ann an Ionad Àrois air an oidhche seo ann an Port Rìgh, le Aly Bain agus Phil Cunningham bho 7.30f. Cosgaidh tìceadan £13/11. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh air làrach-lìn Àrois www.aros.co.uk no cuiribh fòn thuca air 01478 613 750.

Disathairne 1 Dàmhair

Farras – Bidh Ivan Drever agus Donnchadh Siosalach a' cluiche air an oidhche seo anns an 'Loft' aig East Grange Farm faisg air Farras. Cosgaidh tìceadan airson tachartais seo £7/9. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh bho theloft@east-grange.co.uk.

Taigh an Uillt – Tha Meur a' Chruachain den Chomunn Ghaidhealach a' cumail cèilidh ron-mhòd air an oidhche seo ann an Talla a' Bhaile, Taigh an Uillt bho 7.45f, airson Mòd Nàiseanta na bliadhna seo.

Dihaoine 7mh

Earraghaidheal, – Bidh Dòmhnall Black agus Malcolm Jones a' cluich ann an Talla Highgate ann an Sròn air an oidhche seo bho 8f. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh bho mark@morvenlodge.co.uk no cuiribh fòn air 01301 703 559.

Là na Sàbaid 9mh

Tairbear – Theid cuirm-chiùil a chumail air an oidhche seo anns an M.A.C.K., anns an Tairbear, Earraghaidheal air an fheasgar seo le Jamie Laval, ainmeil airson a bhith a' cluich air an fhidhull, agus Hans York a' bhios a' cluich còmhla ris air a' ghiòlar. Cuiribh fòn air 01301 703 559 airson tuilleadh fiosrachaidh mun tachartas seo.

Dihaoine 14mh – Disathairne 22mh

Na h-Eileanan an Iar – Bidh Mòd Nàiseanta Rìoghail 2005 a' gabhail àite eadar na làithean seo anns na h-Eileanan an Iar. Airson prògram no fiosrachadh sam bith eile mu fharpaisean, chèilidhean no càil sam bith eile cuiribh fòn gu 01463 231 226 no rachaibh gu www.modnaneileanaisiar.co.uk.

Cothrom beachd a thoirt air obair ChNAG

Tha Comunn na Gàidhlig a' cumail coinneamh fhosgailte ann an Steòrnabhagh air Diardaoin an 22mh den t-Sultain airson cothrom a thoirt dhan mhòr-shluagh fios fhaighinn air obair na buidhne thairis air a' bhliadhna a chaidh seachad.

Theid aithisg bhliadhnail na buidhne fhoillseachadh aig a' choinneimh agus bidh Màiri Bremner, Cathraiche Chomunn na Gàidhlig, a' toirt iomradh air suidheachadh ChnaG agus air suidheachadh na Gàidhlig anns an fhar-saingeachd.

Thuir i: "Tha sinn mothachail nach toir Achd na Gàidhlig, Foghlam Gàidhlig no Planaichean Gàidhlig piseach air suidheachadh a' chànan mura bi i air a' bruidhinn gu nàdarra anns na dachaighean, anns na coimhearsnachdan, anns na bùthan agus na h-àiteachan-obrach mar chànan anns a' bheil daoine moiteil.

"S ann aig ìre choimhearsnachd a tha sinn a' faicinn an dùbhlain as motha agus chan eil teagamh sam bith ann nach bi feum air a' h-uile taic agus a' h-uile beachd is comhairle airson dèanamh cinnteach gun tèid ar cànan, ar cultar agus ar dualchas bho neart gu neart anns na coimhearsnachdan agus àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig a

leudachadh gu mòr."

Am measg na h-obrach anns an robh CnaG an sàs, bha iad a' stiùireadh Sgeama Gàidhlig sa Choimhearsnachd air a' Ghaidhealtachd 's sna h-Eileanan, Sgeama Greis Gnìomhachais nan Oileanach (Samhradh 2004) airson 23 oileanach agus 18 buidhnean, a' cur air dòigh dà Champa Samhraidh airson nan Srada-gan, a' gabhail pàirt anns na h-ullachaidhean airson tachartas Gaeilge/Gàidhlig a ghabh àite ann an Dùn Èideann, a' cur air dòigh Cùrsaichean Fèin Leasachaidh tro mheadhan na Gàidhlig, agus a' toirt taic le poileasaidhean Gàidhlig.

Bidh Magaidh NicAoidh, Co-òrdanaiche Plana Cànan nan Eilean Siar cuideachd an làthair aig a' choinneimh. Bidh i a' dèanamh taisbeanadh air a' Phlana Cànan agus a' toirt iomradh air na h-ìrean tron deach iad gu dreach phlana a chruthachadh.

Bidh a' choinneamh air a cumail ann an Ionad Cho-labhairt Cholaiste a' Chaisteil ann an Steòrnabhagh air Diardaoin an 22mh den t-Sultain aig 4.30 feasgar agus tha fàilte chridheil ron a' h-uile duine.

"Rù-Rà" bhon Bhòrd



Sgioba Rù-Rà aig Bòrd na Gàidhlig air ais air tìr an dèidh pàirt a ghabhail ann an Rèis nan Ràthan air Abhainn Nis. Thog an sgioba £350 airson a' charthannais Children 1st agus tha iad a' toirt taing do UBC, Scotnet agus Scottish Water airson an cuid taic leis an ràth agus dhan a' h-uile duine a nochd air an latha.

Guthan an òigridh rin cluinntinn

Tha Comunn na Gàidhlig airson taing a thoirt dhan h-uile duine a ghabh pàirt anns a' cho-labhairt do Ghaidheil òga anns an Aghaidh Mhòr. Thàinig daoine bho air feadh Alba agus fiù 's às a' Chuimrigh is Sasainn airson a' bhith còmhla rinn.

Bha na beachdan a chuir iad mu dheidhinn saoghal na Gàidhlig gu math inntinneach. Bha na thàinig às brosnachail is bheir na Gaidheil òg buaidh dhòchasach air saoghal na Gàidhlig san àm ri teachd.

Bha buidheann-stiùiridh air a stèidheachadh aig a' cho-labhairt bho na daoine a bha làthair is tha iad a' feuchainn ri leasachaidhean

a chur air dòigh do Ghaidheil òga, agus a' bhios a' sgaoileadh beachdan nan Gaidheal òga gu aire an t-sluaigh.

Bidh a' bhuidheann seo air a chur air bhog gu h-oifigeil aig àm Mòd Nàiseanta na bliadhna far am faighear leth-bhrec dhen aithisg a tha tighinn bhon cho-labhairt.

Thuir Fay NicDhiarmaid, Manaidsear Phròiseactan Òigridh aig CnaG: "Chan eil dragh sam bith agamsa nach eil saoghal na Gàidhlig ann an staid gu math làidir airson an àm ri teachd. Bha a' cho-labhairt a' sealltainn glè mhath gun robh ùidh is misneachd aig na Gaidheil òg anns na tha a' tachairt ann an saoghal na

Gàidhlig agus tha iad deiseil agus deònach cuideachadh a thoirt dha na buidhnean Gàidhlig. Tha iad cuideachd ag iarraidh gum bi cùisean nas beòthail dhaibh fhèin."

Bha Fiona Nic an Aba, oileanach às an Eilean Sgitheanach an làthair aig a' cho-labhairt. Thuir i: "Tha mi a-nist a' faireachdainn gu bheil beatha ùr air a thoirt do shaoghal Gàidhlig na h-òigridh. Tha beachdan gu leòr againn airson nam buidhnean Gàidhlig agus tha sinn a' dol a' dèanamh cinnteach gun tèid èisteachd riutha."

Seanal Gàidhlig: "mùg solais air faire"

A' coimhead air adhart ri clàr-ama craolaidh na mìos, le Seonaidh Ailig Mac a' Phearsain

An uair a bha na "lurvies" craolaidh crunn an Dùn Èideann o chionn ghoirid chuala sinn luchd-poileataigs gar tàladh uair eile gu fois le crònann binn a' gealltainn gu bheil làithean geala a' feitheamh òirn agus sianal telebhisean Gàidhlig timcheall an oisein. Chan eil teagamh nach eil mùg solais air faire ach gus an tionndaidh an gealltanas gu gnìomh chan eil adhbhar a bhith ri greadhnachas. Chan eil craos fosgailte gu mòran feum fhad 's a tha an sporan agus am preasa dùinte.

Annas a' chòlhbh mu dheireadh bha mi a' cnàmhan gu bheil sinn a' grunnachadh ann an tanalach. Aig amannan tha e nas miosa na sin; tha sinn fodha chun nan achlaisean ann an eabar de bhriathrachas air am b' eòlach mu sheanair: interactivity, pod-casting, freesat, EPG, HDTV, mobile content, agus rudan eile nach fhaigh thu ann an Dwelly.

Ach fòghnaidh na dh'fhòghnas de ghearain. An dèidh tart an t-samhraidh tha prògraman inntinneach a' tilleadh gu BBC2 Alba air a' mhios seo. 'S e fear dhiubh Soillseachadh an Stòir, prògram air a stèidheachadh air an iomairt annasach far an deach Bodach an Stòir a shoilleireachadh le solais agus far a' fhuair daoine cothrom air èisteachd ri ceòl is amharc air seallaidhean lèirsinneach 's

iad a' dèanamh an slighe chun an Stòir ann am marbhan na h-oidhche. Chithear am pròiseact seo tro shùilean mhuintir an àite agus innsidh iad dè tha an iomairt agus an àrainneachd a' ciallachadh dhaibh.

Air an aon oidhche, Sultain 22mh, chithear a' chiad phrògram ann an sreath ùr de Ealtainn. 'S e mo bheachd fhèin, agus saoilidh mi gu bheil cuid a dh'aontaicheadh rium, gu bheil aon mheur de cheòl Gaidhealach nach eil air cothrom na còrach fhaighinn air telebhisean. 'S e sin ceòl na pioba. Ach tòisichidh am prògram seo, tha mi an dòchas, air a' bheàrn seo a' lìonadh. 'S e Màidsear na Pioba Dòmhnall Beag MacLeòid nach maireann cuspair an t-seanchais agus a' chiùil. Agus b' e fhèin a' thoill prògram àraidh air a' bheatha agus an dileab ciùil sònraichte a dh'fhàg e againn.

Rugadh Dòmhnall ann an Steòrnabhagh ann a 1917 agus aig aois òg dh'ionnsaich athair "Doyle" a' phìob dha. Chaidh an t-ionnsachadh am meud fo oideas nam piobairean ainmeil Uilleam Ros, Iain Moireasdan a' Taigh Asainte, agus Seonaidh Dòmhnallach. Bha e na phiobaire anns na Sìophortaich nuair a chaidh a chur am braighdeanas aig St. Valery ach chaidh aige air teicheadh o na Gear-

mailtich agus cha b' fhada gus an robh e na Mhàidsear na Pioba aig rèiseamaid nan Sìophortach.

An dèidh a' chogaidh cheannaich e bùth Grainger and Campbell an Glaschu agus choisinn e cliù fada is farsaing mar phiobaire agus mar neach-teagaisg. Is ann bhuaithe a dh'ionnsaich mòran de phiobairean cliùiteach na linne seo an ealain air ceòl beag is mòr. Cha robh e comasach dhòmhsa ceòl pioba no ceòl eile ionnsachadh, ach cheannaich mi deise Ghaidhealach bhuaithe!

Gach bliadhna tha farpais phiobaireachd air a cumail ann an Steòrnabhagh mar chuimhneachan air Dòmhnall Beag, agus tha cuid de na piobairean as fheàrr air an t-saoghal a' faighinn cuireadh chun na farpais.

Air an 29mh den t-Sultain bheir prògram inntinneach sinn gu ceann eile an Eilein Fhada le sealladh is iomradh air Port Adhair Bharraigh, an aon phort adhair far a bheil na plèanaichean a' cleachdadh na tràghad mar raon-laighe.

Tha mi air mothachadh o chionn ghoirid nach e raon laighe a tha air aire cuid de Ghaidheil aig an àm seo ach raon-

cluiche. Dè an gèam? Ionngadh nan iongnaidhean < criogaid. Sgrìobh Màrtainn Dòmhnallach colbh cho snog 's a chunna mi o chionn fhada air mar a bha e cluich criogaid ann am Port Rìgh nuair a bha e na bhalach, agus e toirt a chreidsinn air fhèin gur e Len Hutton no Dennis Compton a bh' ann. Cha robh slacan criogaid aig na balaich ach bha uidheam cus na bu chunnartaiche aca, caman. Agus theab iad cron a dhèanamh. Ach dè a shùilicheadh tu air Sgitheanach? Bha cuideigin eile ag innse dhomh gum b' àbhaist daoine bhith cluich criogaid air mulach a' Chuirraing. Mas breug bhuam e 's breug thugam e.

Thug an sgeulachd aig Màrtainn a-steach orm gu bheil beàrn eile ann an craoladh Gàidhlig. 'S e sin prògraman air spòrs is lùth-cheasachd. Ach tha còmhraidhean a' dol a' tha ag amas air a' bheàrn seo a lìonadh. Agus tha sinn an dòchas gun dèanar ceum air adhart leis an tionnsgnadh sin fiù 's mus tig sianal digiteach. Chan e mhàin gun còrdadh e ris an òigridh. Bheireadh e air aig gu làithean ar n-òige an fheadhainn againn nach eil tuilleadh comasach air caman no slacan a ghiùlain.



Draghan a' chonnaidh a' sìor dol am meud

Tha cuideam a' tighinn air an Riaghaltas prìs a' chonnaidh a thoirt sìos agus e a-nis aig ìre cho daor 's a bha e a-riamh.

Sa chumantas tha gach liotair a tha dol am broinn càir nas àirde na not — agus anns na sgìrean fìor dhùthchail, mar na h-eileanan, tha e air a bhith mar sin airson grunn mhìosan.

Tha an suidheachadh a' bualadh air a h-uile duine, bhon fheadhainn a tha giùlain bathar air ar rathaidean sìos gu gnìomhachas an iasgaich, a tha mar-thà a' fulang.

Thatar a-nis a' smaoinneachadh mura fàs cùisean nas fheàrr gun adbhraich an suidheachadh droch bhuile dha-rìribh do iasgairean na h-Alba.

Thuir Iain Hearmse, rùnaire comann iasgairean Mhalaig agus an iarthuath, gun robh esan dhen bheachd gum biodh an t-àrdachadh ann an connadh a' ciallachadh deireadh cùisean dha suas ri 40 eathar.

“Tha cùisean cho teann 's gum faodadh iad a bhith fo chunnart,” thuir e. “Tha an suidheachadh cho duilich dha cuid an-dràsta agus nach eil rum sam bith san dòigh-obrach aca.”

“Tha suidheachadh an airgid cuideachd a' toirt orra dhol a-mach ann an sìde a bu chòir dhaibh a bhith fuireachd air tìr. Tha sin a' fàgail eathraichean a-muigh ann an stoirmean, agus tha na riaghailtean mu choinneimh làithean aig muir a' ciallachadh gum feum iad nas urrainn dhaibh a dhèanamh leis an tìde a tha aca.”

“Tha prìs a' chonnaidh a' ciallachadh gu bheil iad a' feuchainn ri gearradh nan àireamhan siubhail aca agus sin as coireach, tha mi dhen bheachd, gun chaill sinn dà bhata dho chionn ghoirid.”

Tha Comhairle na Gaidhealtachd a' tomhais gun èirich na cosgaisean aca £1 millean air sgàth 's mar a tha a' phrìs a' dol an-àirde agus tha iad a-nis dol a chur iomairt air dòigh airson toirt air an Riaghaltas na sgìrean dùthchail a chuideachadh.

Thuir an comhairliche Uilleam Fulton: “Tha seo a' bualadh na sgìre againn gu sònraichte cruaidh oir tha feum againn air càr airson faighinn timcheall agus na h-astaran a dh'fheumas



daoine siubhail.

“Feumaidh sinn cuideam a chur air an t-seansalair, Gordon Mac Ille Dhuinn, gabhail ris gu bheil e mi-chothromach na tha tachairt an seo.”

“Ann an àitichean eil de dh'Alba tha cothrom air seirbheisean còmhala poblach agus chan eil prìsean àrd a' chonnaidh cho dona.”

Tha prìs a' chonnaidh a-nis nas àirde na £1 anns a' mhòr chuid dhen dùthaich

Faic beachd duilleag 8 ▶

Oilthigh na Gaidhealtachd air ceum eile air adhart a ghabhail

Tha Oilthighean Obar Dheathain, Dhùn Èideann agus Srath Chluaidh air aontachadh ann am prionnsabal a dhol ann an com-pàirteachas le Institiuid OGE na Mìle Bliadhna (OGE) gus an tìotal Oilthigh na Gaidhealtachd is nan Eilean a thoirt a-mach do OGE ann an 2007.

Is e an obair a bhiodh aig na h-oilthighean air an taobh a-muigh suil a chumail air leasachadh ar cultar oilthighe, ceumannan rannsachaidh agus comas rannsachaidh gu h-àraidh. Dh'obraicheadh iad le OGE gus plana-leasachaidh rannsachaidh a stiùireadh, a chur ri chèile agus a chur an gnìomh.

Tha comasan math dha-rìribh a thaobh rannsachaidh aig na trì oilthighean a tha a' freagairt air na nithean sa bheil Institiuid OGE na Mìle Bliadhna an sàs, agus tha ceangal aig Oilthigh Obar Dheathain agus Oilthigh

Srath Chluaidh ris an Institiuid a-cheana.

Bhiodh na trì oilthighean mar bhuill chorporra de dh'Institiuid OGE na Mìle Bliadhna agus bhiodh suidheachan an urra aca air a' Bhòrd-riaghlaidh agus chuireadh iad buill an dreuchd air Comhairle Acadaimigeach agus air Comataidh Rannsachaidh OGE.

Is e com-pàirteachas acadaimigeach de chòig deug de cholaistean agus de dh'institiuidean-rannsachaidh a tha ann an Institiuid OGE na Mìle Bliadhna, a tha ag obair còmhla gus oilthigh a chruthachadh. Chaidh ainmeachadh le Riaghaltas na h-Alba mar institiuid foghlaim àrd-ìre sa Ghiblean 2001 agus an-dràsta tha mu 5000 oileanach ann ar cùrsaichean foghlaim àrd-ìre no an sàs ann an obair-rannsachaidh aig ìre for-cheuma.

Thug Riaghaltas na h-Al-

ba gealltanais ann an Aonta Com-pàirteachais a' Choriaghaltais ann an 2003 “taic a chur ris an amas gus ìre Oilthighe fhaighinn do dh'Institiuid OGE na Mìle Bliadhna”. Dh'iarr stiùireadh Mhinistearan do Chomhairle Mhaoineachadh Foghlaim Àrd-ìre na h-Alba air cumail a' dol ag obair le Institiuid OGE na Mìle Bliadhna mar thaic ri adhartas.

Tha na ceithir institiuidean foghlaim àrd-ìre air a bhith a' bruidhinn bho dheireadh 2004, air an cuideachadh gu ìre le Ceannard CMFAA. Tha Riaghaltas na h-Alba air a bhith an sàs cuideachd.

Thèid molaidhean nas mionaidiche a chur ri chèile a-nis agus cuirear iad fa chomhair na Comhairle Diomhair, a' bhuidheann a tha an urra ri ìre oilthighe a bhuileachadh.

Thuir an t-Àrd Ollamh Tormod N MacGilliosa,

Stiùiriche na Colaiste, Sabhal Mòr Ostaig: “Tha cuimhne agam tràth ann an '92 a bhith ag eagrachadh co-labhairt còmhla ri Jim Hunter airson BARAIL ann am Port Rìgh. Bha seo mus deach an aithisg aig Sir Graham Hills air ‘Oilthigh air a' Ghaidhealtachd’ fhoillseachadh. Anns an eadar-ama tha sinne air a bhith a' cur ar làn-thaic ris a' phròiseict agus tha sinn a-nis a' coimhead air adhart ri Oilthigh na Gaidhealtachd 's nan Eilean a bhith againn ann an 2007, còig bliadhna deug às deidh na co-labhairt sin. Tha e dha-rìribh riatanach gum bi Oilthigh againn air a' Ghaidhealtachd. Tha an leasachadh iomchaidh sin a' cur gu mòr ri sìor thogail sgìrean mar an Eilean Sgitheanach agus Loch Aillse anns na raointean sòisealta, cultarail agus economaigeach.”

MacFheargais a' daingneachadh cudthrom an fhoghlaim

Tha cathraiche Bòrd na Gàidhlig, Donnchadh MacFheargais, a dh'fhoillsich air a' mhìos-sa chaidh gu bheil e dol a leigeil seachad a dhreuchd mar chathraiche, fhathast dhen bheachd gu bheil foghlam fìor chudthromach dhan chànan agus gu bheil an sruth leinn a thaobh a bhith leasachadh chùisean san raon sin a bharrachd air raointean eile.

“Le Achd na Gàidhlig agus leasachaidhean eile, tha beachd ann gu bheil an sruth leinn, agus tha seo na chuideachadh ann a bhith a' brosnachadh dhaoine gu bhith teagaisg nan cuspairean aca tro mheadhan na Gàidhlig,” thuir e. “Ann an dòigh 's e misneachd a tha dhìth.”

Bha Mgr MacFheargais, ceannard Àrd-sgoil a' Phluic, mothachail gu robh duilgheadasan ann a thaobh chuspairean tro mheadhan na Gàidhlig aig ìre àrd-sgoile.

Thuir e: “Tha dùbhlann proifeiseanta ann do thidsearan. Gu math tric bithear a' sùileachadh gum bi na tidsearan sin comasach air an cuspair aca a theagaisg sa Bheurla agus sa Ghàidhlig, agus bidh cuid ann nach biodh ro cofhurtail an toiseach a thaobh a bhith teagaisg a' chuspair aca tro mheadhan na Gàidhlig.”

Thuir an cathraiche gur e ceist misneachd a bh' ann oir gu math tric bidh na sgoilearan, a tha air tighinn bho Bhunsgoil Ghàidhlig, nas eòlaich air a' bhriathrachas teicnigeach a tha dhìth ann an cuspairean mar matamataig na tha an tidsear.

“Feumaidh teisteanas a bhith aig tidsear aig ìre oilthigh sa chuspair airson an cuspair sin a theagaisg agus feumaidh tòrr Leasachadh Proifeiseanta Leantainneach (CPD) a bhith ann gus na tidsearan a bhrosnachadh an cuspair aca a theagaisg tro mheadhan na Gàidhlig. Feumaidh taic mhaireannach a bhith ann, agus bu chòir suil a thoirt air siostam àrdachaidh dreuchd a bheil brosnachadh do thidsearan Gàidhlig,” thuir Mgr MacFheargais.

A rèir Mgr MhicFheargais dh'fheumadh ùghdarrasan ionadail taic cheart a thoirt do dh'fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig, mar a tha cuid a' dèanamh. Agus thuir e gum bu chòir do dhaoine coimhead air a' chànan mar rud Eòrpach is rud eadar-nàiseanta agus

nach b' ann mar rud ionadail.

A thaobh a bhith fàgail Bòrd na Gàidhlig mar chathraiche thuir Mgr MacFheargais gun robh e am beachd barrachd tìde a chur seachad leis an teaghlach agus gu robh e riamh dhen bheachd gum fàgadh e às dèidh trì bliadhna.

“Gu proifeiseanta, tha tòrr agam ri dhèanamh” thuir e. “Tha daonnan an sgoil agam, agus tha rud no dhà poileataigeach agam san amhar. Chan eil mi cinnteach dè thachras, ach tha rud no dhà agam an sin.”

“Bu toil leam cuideachd a bhith dèanadh barrachd airson spòrs, gu h-àraidh iomain. Ach rudan cultarach cuideachd, tha cothrom air a bhith agam a bhith dèiligeadh ri Gàidhlig. Ach nuair a tha thu ag obair aig Bòrd na Gàidhlig, chan eil an ùine agad glè bhitheanta airson tachartasan Gàidhlig. Tha thu a' dèanamh cinnteach gu bheil an t-airgead ann airson nan nobhailean, agus tha air leth gas-ta gun tàinig nobhailean a-mach o chionn ghoirid a' tha sgrìobhadh Gàidhlig aig ìre glè àrd an-dràsta. Agus tha Aonghas Pàdraig Caimbeul a' faighinn leabhar sa phrìomh 10 gu nàiseanta. Tha rudan mar sin a' toirt togail dhòmhsa, ach chan eil mi a' faighinn cothrom a bhith leughadh nan leabhraichean, no sgrìobhadh eachdraidh. Bha mi a' dèanamh sgrìobhadh mu chuairt air eachdraidh Albanach uaireigin, agus chan eil mi air a bhith faighinn an uiread de chothroman a-nis. Tha tòrr nam bheatha, agus tha mi a' faireachdainn gu bheil gu leòr agam ri dhèanamh fhathast.”



Donnchadh MacFheargais

A' sireadh bheachdan air sgoil ùr

Thèid iarraidh air pàrantan ann am Beinn a' Bhaoghla agus na bàiltean as fhaisge ann an Uibhist a Deas am beachdan air sgoil ùr luach £4 millean a thogail san sgìre.

Sgrìobh Comhairle nan Eilean Siar gu na bùird-sgoile ann an Iochdar is Baile a' Mhanaich gus foighneachd dhaibh an cuid faireachdainn air an dà sgoil a thoirt còmhla air an aon làrach. Bhiodh 170 sgoilear innte uile gu lèir.

Rona seo chaidh aontachadh sgoil ùr thogail ann am Baile a' Mhanaich an dèidh

chaidh an togalach a sgrìobh ann an stoirmean uabhasach an Fhaoillich.

Ach, tha a' chomhairle cuideachd airson faighinn a-mach am biodh na pàrantan ann an Iochdar cuideachd airson feum a dhèanamh dhen ionad ùr.

Thuir stiùiriche foghlaim na comhairle, Murchadh MacLeòid: “Chan eil sinn an-dràsta ach a' feuchainn ri faighinn a-mach dè am beachd a th'air daoine anns gach àite.”

Thèid freagairtean nam pàrantan a chur air beulaibh a' chomhairle an ath mhìos.



“Chan eil mi buileach cinnteach, mur ann airson nam meanbh-chuileagan a tha iad” ©2005 A.Nicolson

Là ùr air a thighin air sgioba ball-coise na h-Alba



Sùil air Spòrs
Le Ailig O'Hianlaidh

Nach ann air sgioba ball-coise na h-Alba a thàinig an dà latha. Beagan sheachdainean air ais, cha toireadh tu ho airson nan teansaichean againn

faighinn gu Cupa na Cruinne an ath-bhlaidhn', ach as dèidh an dà gheama an aghaidh na h-Eadailt agus Nirribhidh tha dòchas às ùr againn gum faodadh Alba fhathast a bhith sa Ghearmailt an ath shamhradh.

Tha obair gu leòr ri dhèanamh mus ruig sinn an ìre sin ge-tà. Feumar dà ghèam a ghlèidheadh an aghaidh Belarus aig Hampden agus Slovenia air falbh bhon taigh air an ath mhìos, agus fiù 's ged a rachadh aig Alba air sin a dhèanamh, feumaidh Nirribhidh puingeann a chall an aghaidh Moldova no Belarus san dà ghèam mu dheireadh acasan ma

tha sinn a' dol a chosnadh an dara àite ann am Buidheann 5.

Nan robh e nar làmhnan fhèin bhithinn misneachail gun rachadh againn air gèam 'play-off' a ruighinn, ach tha e duilich fhaicinn ciar mar a tha Nirribhidh a' dol a chall puingeann an aghaidh an dà sgioba as laige sa bhuidhinn. Bidh sinn beò ann an dòchas ge-tà agus faodaidh a h-uile duine co-cheangailte ris an sgioba, agus gun sònraichte am manaidsair, Bhaltar Mac a' Ghobhainn a bhith toilichte leis an obair a tha iad air a dhèanamh gus iomhaigh agus cliù na h-Alba a

thogail a-rithist aig ìre eadar-nàiseanta.

Chan eil cho fada sin bho bha sinn a' tuiteam mar dreag às an adhar sios rangannan FIFA còmhla ri dùthchannan leithid Burkina Faso, ach às dèidh dà bhliadhna cho truaigh 's a chunnacas riamh ann an eachdraidh na sgioba nàiseanta, tha an suidheachadh a' coimhead gu math nas gealltanaiche agus fiù 's ged nach fhaigheadh sinn gu Cupa na Cruinne tha barrachd dòchais ann gun ruig sinn farpais Euro 2008.

Tha e annasach mar a tha fortan Alba air atharrachadh cho lu-

ath. Chan eil againn ach na h-aon chluicheadairean 's a bha air chothrom aig Berti Vogts, ach a dh'aindeoin sin tha thu a' faireachdainn gu bheil an sgioba seo a-nis comasach air a h-uile gèam a ghlèidheadh co-dhiù a tha iad a' cluiche aig Hampden no air falbh bhon taigh. Dè a tha air atharrachadh ma-thà? Uill, chan eil teagamh nach eil Mac a' Ghobhainn air diofar mòr a dhèanamh. Bha gu leòr teagmhach, mi fhèin nam measg, an uair a ghabh a thairis bho Vogts aig deireadh na bliadhna a chaidh, ach ann am beagan mhiosan tha e air soirbheachadh gu ìre a tha cha mhòr do-chreidsinneach.

Tha grunn dhaoine air faighneachd dhomh sna seachdainean mu dheireadh, dè a tha air atharrachadh agus ciamar a tha Mac a' Ghobhainn air barrachd fhaighinn às na cluicheadairean? Mar fhreagairt tha mi air a ràdh riutha nach eil mìorbhail sam bith air tachairt. Chan eil Bhaltar air dad a chur san tì aig na cluicheadairean no air an tionndadh mun cuairt le comas coisidh a tha e air a bhith a' cumail air falach bho chionn fichead bliadhna.

Fhad 's a chì mise, tha Mac a' Ghobhainn air cùisean a dhèanamh cho simplidh 's a ghabhas dha na cluicheadairean aige. Tha fios aca dè a th' aca ri dhèanamh mus cuir iad cas air a' phàirce agus tha a h-uile duine aca cofhurtail le na thèid iarraidh oirre a dhèanamh. Chan ionann sin 's na bha a' tachairt ri linn a' Ghearmailtich bhig. Chan e a-mhàin nach robh obair deasachaidh gu leòr ga dhèanamh ann an trèanadh, bha na cluicheadairean a' dol a-mach gun chus sgot aca càit' am bu chòir dhaibh a bhith a' cluiche agus nan rachadh cùisean nan aghaidh bha na cinn a' dol sìos sa mhionaid.

Mar a chunna sinn san dà ghèam mu dheireadh tha sin air atharrachadh agus tha Mac a' Ghobhainn, le taic Tommy Burns agus Ally McCoist air misneachd a thoirt air ais dha na cluicheadairean. Feumar na cluicheadairean fhèin a mholadh cuideachd oir fhuair iad an t-uabhas càineadh san dà bhliadhna mu dheireadh agus tha iad air a dhearbhadh dhaibh fhèin agus don t-saoghal gu bheil cluicheadairean math aig Alba fhathast.

Fhad 's a chumas e slàn, fallain tha sàr fhear-gleiddidh aig Alba ann an Craig Gordon agus feumaidh Hearts gluasad gu math luath ma tha iad airson a chumail aig Tynecastle. Ann am meadhan na pàirce tha Darren Fletcher agus Pòl Hartley air a dhearbhadh gun tèid aca air ceann a' mhaide a chumail ris an fheadhainn as fheàrr aig an ìre seo, agus tha Coinneach Miller air ùr-bhreith mar chluicheadair aghaidh.

Chan eil fhios 'am dè a tha air tachairt leis a' bhalach seo, fear nach bualadh ceann na cruach mhònadh nan robh a bheatha a' crochadh san dà bhliadhna mu dheireadh, ach tha mi an amharas gu bheil am misneachd a tha e air fhaighinn bho bhith ag obair còmhla ri McCoist air diofar mòr a thoirt air a' ghèam aige. Ge-bith cò no dè as coireach, tha cuideigin againn a-rithist le comas am ball a chur dhan lìon, agus airson a' chiad uair ann an iomadach bliadhna tha manaidsairan bho na sgiobannan as motha air feadh na Roinn Eòrpa a' toirt sùil shanndach air cluicheadairean leithid Gordon, Fletcher agus Miller.

Le Mac a' Ghobhainn aig an stiùir tha cùisean a' coimhead dòchasach airson nam bliadhnaichean a tha romhainn, ach 's mòr am beud nach do ghluais Comann Ball-coise na h-Alba beagan na bu luaithe airson a chur dhan dreuchd. Nan robh iad air sin a dhèanamh bhiodh Alba gu cinnteach a' coimhead air adhart ris a' ghèam 'play-off' sin, ach às dèidh a bhith ann an toll dorcha fad dà bhliadhna bu chòir dhuinn a bhith toilichte gu bheil biùgan de dhòchas againn air fhàgail. Tha solas air faire agus airson a' chiad uair ann an ùine mhòr faodaidh sinn a ràdh le cinnt nach e trèana a tha a' tighinn nar coinneimh!

BÒRD NA GÀIDHLIG – APPOINTMENT OF CATHRAICHE AND MEMBERS

Scottish Ministers are seeking enthusiastic and committed individuals who would like to be considered for appointment as Cathraiche or as a board member of Bòrd na Gàidhlig.

The Gaelic Language (Scotland) Act 2005, which received Royal Assent on 1 June 2005, will establish Bòrd na Gàidhlig with statutory duties to develop a national Gaelic language plan and to work with public bodies on the development of local Gaelic plans. The Bòrd will assume the role of the existing Gaelic NDPB, whose business will be wound up with commencement of the 2005 Act. Bòrd na Gàidhlig is tasked with mapping out a blueprint for the future development of the Gaelic language and will lead the national and international promotion of the Gaelic language, Gaelic culture and Gaelic education.

The Bòrd will consist of a maximum of 12 members, including the Cathraiche, and its membership will reflect the knowledge and experience required to implement the Gaelic Act. We will look to appoint a Bòrd with a broad range of skills.

The Cathraiche will be appointed for a 4 year term. The Bòrd members will be appointed for a 3 year term. The appointments will be expected to commence in early 2006. Appointees may be offered re-appointment of a further term following satisfactory performance appraisal. The Cathraiche designate will be involved in the selection of the Bòrd members.

The basic time commitment for the Cathraiche will be 4 days per month on Bòrd na Gàidhlig business and attendance at Bòrd meetings approximately every 2 months. The remuneration for the post will be £12,400 per year. Bòrd members will be expected to spend 3 days per month on Bòrd business and attendance at Bòrd meetings every 2 months. The remuneration for Bòrd members will be £6,200 per year. All members may also be required to attend additional meetings and events. Meetings generally take place in Inverness, where the Bòrd is situated, but they may take place in various locations throughout Scotland. All directly related travel and subsistence costs, as well as reasonable dependants' carer costs incurred in carrying out the duties of the appointment, will be reimbursed.

The role of the Cathraiche involves:

- providing effective leadership for the Bòrd, in particular in defining and developing its strategic direction and in setting challenging objectives; and
- the ability to inspire and motivate board members.

The successful candidate will be a fluent Gaelic speaker. In addition, all members of the Bòrd will:

- be able to work effectively as part of a team;
- understand the requirements of effective corporate governance;
- be able to command trust and respect amongst colleagues and stakeholders in the Gaelic community and the public sector; and
- be able to communicate effectively with excellent presentation and interpersonal skills.

The Scottish Executive is committed to appointing a diverse range of public appointees, reflecting the best of contemporary Scotland and to the principle of public appointments on merit with independent assessment, openness and transparency of process. We guarantee an interview to anyone with a disability/health problem that affects the work they can do and whose application meets all the essential criteria for the post. For more information about Public Appointments and other vacancies visit the Scottish Executive's website at www.scotland.gov.uk/government/publicbodies

For an information pack please see the contact details below. You should provide your name, address and the vacancy that you are interested in.

Public Appointments, PO Box 7332, Glasgow G51 2ZA
Telephone: 0870 240 1818
Fax: 0870 600 4111
publicappointments@response-handling.com
Closing date for Cathraiche applications is 28 October 2005.
Closing date for Member applications is 25 November 2005.

BÒRD NA GÀIDHLIG – A' SUIDHEACHADH CATHRAICHE AGUS BUILL

Tha Ministearan Riaghaltas na h-Alba a' sireadh dhaoine a tha èasgaidh agus dealasach agus a bu toil an ainm a chur air adhart airson a bhith nan Cathraiche no nam ball air Bòrd na Gàidhlig.

Stèidhichidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, a fhuair Aonta Rìoghail air 1 Ògmhios, dleasanachan reachdail air Bòrd na Gàidhlig airson plana cànan Gàidhlig nàiseanta a leasachadh agus co-obrachadh le buidhnean poblach na bhith a' leasachadh planaichean ionadail Gàidhlig. Gabhaidh am Bòrd a-null dreuchd NDPB Bòrd na Gàidhlig a th' ann an-dràsta, a thèid a bith nuair a thòisicheas Achd 2005. Tha aig Bòrd na Gàidhlig ri dealbh-chunntas a chruthachadh airson cànan na Gàidhlig a leasachadh san àm ri teachd agus bidh iad a' stiùireadh adhartas nàiseanta is eadar-nàiseanta ann an cànan, cultar is foghlam na Gàidhlig.

'S e, aig a' char as motha, 12 bhall agus Cathraiche a bhios air a' Bhòrd, agus bidh a' bhallrachd a' toirt a-steach an fhiosrachaidh agus an eòlais air am bi feum gus Achd na Gàidhlig a chur an gnìomh. Bidh sinn airson Bòrd le farsaingeachd de sgilean a shuidheachadh.

Thèid an Cathraiche a shuidheachadh airson teirm 4 bliadhna. Thèid na buill a shuidheachadh airson teirm 3 bliadhna. Bithear an dùil gun tèid tòiseachadh sna dreuchdan tràth ann an 2006. Dh'fhaodadh luchd-dreuchd a bhith air an ath-shuidheachadh airson teirm eile ma thèid an obair aca a mheasadh gu soirbheachail. Bidh an Cathraiche ainmichte an sàs ann an taghadh buill a' Bhùird.

Aig a' char as lugha, bidh aig a' Chathraiche ri bhith an sàs ann an gnothaichean Bhòrd na Gàidhlig 4 là sa mhìos, agus a bhith an làthair aig coinneamhan timcheall air a h-uile 2 mhìos. 'S e £12,400 sa bhliadhna an t-ìocadh airson na dreuchd seo. Bithear a' sùileachadh gum bi buill a' cur seachd 3 là gach mìos air gnothaichean Bhòrd na Gàidhlig agus a bhith an làthair aig coinneamhan a' Bhùird a h-uile 2 mhìos. 'S e £6,200 sa bhliadhna an t-ìocadh airson buill a' Bhùird. Bidh cuideachd 's dòcha aig gach ball ri bhith an làthair aig coinneamhan 's tachartasan a bharrachd. Mar is trice bidh na coinneamhan a' gabhail àite ann an Inbhir Nis, far a bheil am Bòrd suidhichte, ach dh'fhaodadh iad a bhith air an cumail ann an caochladh àitean air feadh Alba. Thèid cosgaisean siubhail agus teachd-an-tìr, cuide ri cosgaisean iomchaidh frithealaidh a dh'fheumas an cosg ri linn na h-obrach am pàigheadh air ais.

Tha dreuchd Cathraiche a' toirt a-steach:

- a bhith a' toirt seachad ceannardas èifeachdach don Bhòrd, gu h-àraidh a thaobh a bhith a' leasachadh an t-suidheachaidh innleachdail agus a bhith a' cruthachadh cuimsean inntinneach; agus
- a bhith comasach air buill a' bhùird a mhisneachadh.

Bidh an tagraiche soirbheachail fileanta sa Ghàidhlig. Cuideachd, bidh gach ball den Bhòrd

- comasach air obair mar phàirt de sgioba;
- tuigseach a thaobh feumalachdan èifeachdach riaghladh corporra
- comasach earbsa agus meas fhaotainn bho cho-obraichean agus luchd-sealbhaich ann an coimhearsnachd na Gàidhlig agus an roinn phoblach; agus
- comasach air conaltradh gu h-èifeachdach le sgilean taisbeanaidh agus eadar-phearsanta fìor mhath.

Tha Riaghaltas na h-Alba gu mòr airson a bhith a' suidheachadh raon eadar-dhealaichte de dhaoine ann an oifigean poblach, a' sealltainn a' chuibhreann as fheàrr de Alba an là-an-diugh agus tha sinn gu mòr air taobh a' phrionnsabail a bhith a' suidheachadh dhaoine ann an oifigean poblach air sgàth an comasan le sgrùdadh eisimeileach, agus le pròiseas fosgarra agus follaiseach. Tha sinn a' toirt barantas seachad gun toir sin agallamh do neach sam bith aig a bheil duilgheadas ciorraim/slàinte a tha a' toirt buaidh air an obair as urrainn dhaibh a dhèanamh agus aig a bheil gach nì a dh'fheumar airson an oifig san tagradh a chuireas iad a-steach. Airson tuilleadh fiosrachaidh mu Oifigean Poblach agus cothroman eile tadhlaidh air làrach-lìn Riaghaltas na h-Alba aig www.scotland.gov.uk/government/publicbodies

Airson pasgan fiosrachaidh cuiribh fios chun t-seòladh gu h-ìosal. Bu chòir dhuibh ur n-ainm, seòladh agus an oifig anns a bheil ùidh agaibh a thoirt seachad.

Oifigean Poblach, PO Box 7332, GLASCHU G51 2ZA
Fòn: 0870 240 1818
Facs: 0870 600 4111
publicappointments@response-handling.com
'S e ceann-là dùnaidh nan tagraidhean,
28 an Dàmhair 2005 (Cathraiche).
'S e ceann-là dùnaidh nan tagraidhean,
25 an t-Samhain 2005 (Buill).



SCOTTISH EXECUTIVE
making it work together



An
Gàidheal Ùr

THA AN GAIDHEAL ÙR
A' GABHAIL SHANASAN
MU CHOMPANAIDHEAN,
SHEIRBHISEAN NO
THACHARTASAN

Cuiribh fòn
thugainn an-diugh!
01851 703487

Sgrìobhaiche ùr an t-Sabhail

Tha Iain Finlay MacLeòid, às Nis ann an Leòdhas, air dreuchd Sgrìobhaiche na Colaiste aig Sabhal Mòr Ostaig a ghabhail os làimh.

Tha an sgrìobhadair dràma is stiùiriche telebhisin a' leantainn leithid Somhairle MacGill-eain, Aonghas "Dubh" MacNeacail, Aonghas Pàdraig Caimbeul, agus gu leòr de dhaoine eile aig a bheil cliù mòr ann an saoghal litreachas na Gàidhlig.

Tha Iain Finlay (32) air deich dealbhan-cluiche a sgrìobhadh a chaidh a shealltainn air an àrd-ùrlar: nam measg "Alexander Salamander" agus "The Homers" airson Theatre Traverse ann an Dùn Èideann. Cuideachd, tha e dìreach air nobhail ùr fhoillseachadh a tha stèidhichte ann an Ulapul anns na 80an. Chaidh "Na Klondykers" a chur air bhog Didòmhnaich sa chaidh aig Fèis Leabhraichean Dhùn Èideann, a tha na phàirt de dh'Fhèis Eadar-Nàiseanta Dhùn Èideann. 'S e sgeulachd gaol a th' anns "Na Klondykers" eadar nighean Ruiseanach bho aonan dhe na bàtaichean mòra, a bhiodh a' tadhal air Ulapul aig an àm, agus balach às a' bhaile fhèin.

Tha Iain Finlay cuideachd air a bhith 'g obair air tòrr phrògraman telebhisein mar stiùiriche thar nam bliadhnaichean: nam measg prògram air Murchadh MacPhàrlain (bàrd Mhealaiboist) agus fear eile mu Margaret Fay Shaw; agus tha companaidh riochdachaidh aige fhèin, Zebo Productions, a bhios a' cur prògraman a-mach.

Tha obair Sgrìobhaiche na Colaiste maoinichte le Urrasairean na Colaiste fhèin agus le airgead bho Chomhairle nan Ealan a tha air taic a thoirt dhan dreuchd chudthromaich seo bhon a thòisich i ann an 1973.

A' bruidhinn mun obair ùir aige thuirt Iain Finlay: "S e aon rud, gu bheil mise nas eòlaiche air theatre na tha mi air bàrdachd. Agus le theatre, 's e rud a th' ann a tha nas freumhaichte sa choimhearsnachd, chanainn, a thaobh a bhith toirt daoine còmhla. Mar eisimpleir dh' fhaodadh daoine dealbhan-cluiche a sgrìobhadh còmhla: ag obair air rudan còmhla, mar sin tha e rud beag eadar-dhealaichte bhon bàrdachd.

"Tha mi an dòchas gum bi cothrom ann le bùthan-obrach. Bidh cothrom aig daoine a thighinn dha na bùthan-obrach le smaoin, ge bith an e dealbhan-cluiche no nobhail no càil mar sin, dhèanainn mo dhìcheall an cuideachadh gus pìosan mar sin a thoirt air adhart. A thaobh oileanaich, ma tha dòigh ann as urrainn dhaibh a thighinn còmhla le cuideigin a chuidicheas iad, 's e rud math a th' ann. 'S e rud math mun t-Sabhal Mhòr, tha an uimhir de chruthachadh

ann. Tha an uimhir de dhaoine cruthachail ann agus tha na h-oileanaich fhèin san t-Sabhal cruthachail, tha e math gu bheil post ann a-nis a chuidicheas le sin."

A bharrachd air a bhith cuideachadh dhaoine le an cuid sgrìobhaidh aig an t-Sabhal Mhòr, tha tòrr a bharrachd sgrìobhaidh fa-near do dh' Iain Finlay. Tha e gu bhith 'g obair air dealbhan-cluiche agus nobhail eile. Agus tha an dreuchd ùr aige dol a thoirt a' chothraim sin dha le bhith faighinn taic bhon t-Sabhal Mhòr is Comhairle nan Ealan le chuid sgrìobhaidh.

Thuirt Tormod MacGilliosa stiùiriche an t-Sabhail Mhòir, "An rud a bha tarraingeachd mu Iain Finlay, seo duine òg a tha air tòrr a dhèanamh ann an ùine gu math goirid bho bhith 'g obair ann an theatre, telebhisean agus tha e air nobhail a sgrìobhadh. Agus bha sinn a' smaoinichadh gum biodh e tarraingeach do dh' oileanaich ma bha e gu bhith mun cuairt an àite, agus tha tòrr eòlais aige airson duine òg. Rud eile mu dheidhinn Iain Finlay, 's e mar a tha e a' cur a-mach a shealladh fhèin air an obair.

"Cuideachd, nuair a smaoinicheas tu air ais air na daoine a bha nan sgrìobhaichean an seo, faodaidh tu a ràdh gu bheil ainm aig a h-uile duine aca, agus chan e sin a-mhàin ach gu bheil ainm aig feadhainn a bha suathadh riutha nuair a bha iad nan oileanaich an seo. 'S e dreuchd gu math cudthromach a th' ann a thaobh litreachas na Gàidhlig agus mar sin tha sinn a' coimhead air toradh math bho obair Iain Finlay."

Lean e air: "Tha sinne còmhla ri Comhairle nan Ealan a' toirt saorsa do dhaoine airson bliadhna no dà bhliadhna iad fhèin a leasachadh ann a bhith sgrìobhadh. 'S e sin an rud as cudthromaiche. Nuair a smaoinicheas tu air na cothroman a tha daoine eile air fhaighinn às an dreuchd seo ann a bhith suathadh ri na sgrìobhaichean sin: tha iad air ùidh a dhùsgadh ann an rosg, bàrdachd agus dràma."

Thuirt Gavin Wallace a tha os cionn litreachais aig Comhairle nan Ealan: "Tha sgeama Sgrìobhaiche Sabhal Mòr Ostaig a' toirt cothrom do sgrìobhadair Gàidhlig a tha aithnichte, an cuid eòlais, an sgèilean agus comhairle a thoirt do ghinealach ùr de dh'oileanaich agus do dhaoine a tha iad fhèin an dùil sgrìobhadh. Tha e na thoileachas mòr do Chomhairle nan Ealan taic a thoirt dhan sgeama seo mar phàirt dhen Ro-innleachd Litreachais againn agus mar phàirt dhen Ro-innleachd againn airson nan Ealan Gàidhlig."

Prìomh Sgeulachdan na Mìos

Àireamh mhòr a' cur an làmh nam beatha fhèin

Tha an àireamh dhaoine — gu h-àraidh am measg an òigridh — a tha cur an làmh nam beatha fhèin cho àrd sa Ghaidhealtachd is sna h-Eileanan 's a tha iad sna h-àiteachan as mìosa air an t-saoghal.

Tha figearan a chaidh fhoillseachadh le Riaghaltas na h-Alba a' sealltainn cho dona 'a tha an suidheachadh mu thuath, le suas ri 30 duine a' cur an làmh nam beatha fhèin a-mach à 100,000.

Bho chionn coig mìosan dh'fhoillsich An Gàidheal Ùr gun robh coltas ann gun robh cùisean a' fas nas mìosa air Ghaidhealtachd agus sinn a' togail air dithis òganach sna h-eileanan a chur an làmh nam beatha fhèin taobh a-staigh seachdain.

A-nis tha toradh nan draghan sin soilleir leis an aithisg bho Riaghaltas na h-Alba a tha cur an sgìre air an aon bhonn ri àiteachan san t-seann

Aonadh Shòibheatach, an t-àite as mìosa san t-saoghal airson daoine bhith a' cur an làmh nam beatha fhèin.

Thuirt Micheal Perera, a tha os cionn na h-iomairt "Choose Life" air Ghaidhealtachd, gun robh dha-rìribh duilgheadas ann an sgìrean iomallach a' chinn-a-tuath.

"Tha rannsachaidhean againn a tha sealltainn gu bheil sinn an treas uimhir nas beartaich an-diugh na bha sinn bho chionn 50 bliadhna ach gu deimhinne chan eil sinn nas toilichte," thuirt e.

Bha e dhen bheachd gun robh grunn adhbharan air cùlaibh na cùise, ach glè thrì b' e deoch làidir is drugaichean mì-laghail a bu choireach. Na rudan eile aig an robh buaidh b' e an droch shìde, gainnead thaigheadais agus a bhith a' faireachdainn aonranach.

Tha Riaghaltas na h-Alba air fhoillseachadh gu bheil iad dol a chur £4.8 millean don iomairt

"Choose Life", a tha a' ruith air feadh Alba. Ach, thatar ag aithneachadh gu feum barrachd oidhirp a dhèanamh sa Ghaidhealtachd.

Thuirt iar-mhinistear na slàinte, Lewis Dòmhnallach: "Chan eil aon adhbhar ann airson daoine cur an làmh nam beatha fhèin — tha e ioma-fhillte agus tha tòrr dhiofar nithean a' cur ris. Faodaidh deoch làidir is drugaichean, tinneas inntinn, call obrach, a bhith bho obair ùine fhada, duilgheadasan ionmhais, aonranachd, iomallachd no bàs, daoine a chur fo barrachd chunnairt."

Lean e air: "Tha na figearan nan dearbhadh air an t-suidheachadh. An-uiridh chaidh 835 duine am beatha aig an làmh nam beatha fhèin. Tha sin barrachd air dithis a' bàsachadh gach là. Am measg na tha sin, bha 73% fireann."

Cothrom sna h-ealain Ghàidhlig

Chan eilear a' dèanamh gu leòr de chultar sònraichte nan Eilean Siar airson eaconomaidh na sgìre a leasachadh, a rèir na comhairle ionadail.

Dh'fhoillsich Comhairle nan Eilean Siar am beachd an dèidh aithisg a chur air bhog a bha a' sealltainn cho prìseil 's a tha eachdraidh is cultar nan eilean.

Am measg nam prìomh roinnean a bu chòir leasachadh bha an cànan Gàidhlig agus arceòlas sònraichte an àite a' rud, a rèir na h-aithisg, leis am faodar fada barrachd a dhèanamh.

Thuirt an comhairliche Aonghas MacCarmaig gu bheil roinn nan ealan is a' chultair a' cumail obair ri còrr air 400 neach agus gum bu chòir, leis an sin, taic a thoirt dha.

A rèir a' chomhairliche Dòmhnall Iain MacSuain bu chòir na h-eileanan eisimpleir Arcaibh a leantainn — far a bheil an t-uabhas luchd-turais air an tàladh gu làraichean arceòlais

— agus feum a dhèanamh de dh'eachdraidh phrìseil an àite, "chan ann a-mhàin dha luchd-turais ach dhan t-sluagh ionadail cuideachd, gus an ionnsaich sinn mu bheartas dualchais ar n-eileanan".

Tha an aithisg a' cumail a-mach gur e arceòlas "an goireas as motha dhe nach eilear a' dèanamh feum agus anns a bheil cothroman mòra".

"A-mach à 8,900 làrach cudthromach arceòlais a tha againn clàraichte sna h-Eileanan Siar an-dràsta, thatar dhen bheachd gu bheil an aon àireamh a-rithist air nach d' fhuair sinn sgeul. A-mach às an fheadhainn a chaidh a chlàradh, thatar a' tomhais nach eil ach nas lugha na còig sa cheud dhen sin a chaidh an rannsachadh gu h-iomlan."

A-thaobh cudthrom na Gàidhlig, thuirt neach-gairm na comhairle, Ailig Dòmhnallach: "'S e a' phrìomh rud a tha a' comharrachadh ar cultair sònraichte an cànan Gàidhlig,

gach cuid mar dhòigh labhairt agus mar mheadhan air ar cultar a tuigsinn.

"Tha a' Ghàidhlig, agus an cultar dà-chànanach a tha ceangailte rithe, a' fàgail nan Eilean Siar sònraichte is tarraingeach agus a' toirt dhuinn an cothrom a dhol an sàs ann an cùisean cultarail is sòisealta eile."

Thuirt an comhairliche Aonghas Greumach gun robh làn thìde na pìosan eachdraidheil a tha buntainn ri na h-eileanan, ach a tha air an taisbeanadh ann an taighean-tasgaidh air tìr-mòr, a thoirt dhachaigh.

Dh'aidich e, ged-tà, gum biodh e do-dhèanta sùileachadh gun deigheadh na fir-tàileisg ainmeil Leòdhasach a thoirt a-mach à taigh-tasgaidh ann an Lun-nainn agus an cur suas chun nan eilean, oir gu bheil iad ro phrìseil.

Cothrom dhan chomhairle £1 millean fhaighinn

Dh'fhaodadh gum faigh Comhairle na Gàidhealtachd £1 millean ma thèid ainmeachadh gun robh cisean Drochaid an Eilein Sgitheanaich mì-laghail, mar a thatar a' cumail a-mach.

Seo a rèir luchd-iomairt na drochaid agus iad ag iarraidh air a' chomhairle an guth a chur ris an argamaid nach deach na pàipearan ceart ullachadh mus do thòisichear a' cruinneachadh chìsean.

Ma thèid seo a dhearbhadh feumaidh na cisean a chaidh a chruinneachadh thairis deich bliadhna a phàigheadh air ais — a' gabhail a-staigh £1 millean don chomhairle.

Tha an luchd-strì cuideachd ag iarraidh gun tèid na ca-saidean lagha a chaidh a thogail an aghaidh 130 duine, an dèidh dhaibh diùltadh na cisean a phàigheadh, a chur an dàrna taobh.

Thuirt fear-labhairt às leth na

comhairle: "Chosg a' chomhairle £237,000 air cisean airson nan còig bliadhna mu dheireadh, bho 2000-2001. Chan urrainn dhuinn dearbhadh dha-rìribh de na cosgaisean a bha òirnn ron sin oir thàinig siostaman ùra ionmhais a-steach ann an 2000-2001."

Thuirt Robbie The Pict, a tha air a bhith sabaid an aghaidh nan cisean bho thùs, gum faodar a thomhais gu bheil an suim a chaidh a phàigheadh leis a' chomhairle a-rèist gu math nas àirde na £500,000.

"Ma chaidh £237,000 a phàigheadh sna còig bliadhna mu dheireadh, chaidh suim timcheall air an aon rud a phàigheadh sa chiad còig bliadhna," thuirt e.


"Ma chuireas thu ris an sin nach robh airson a' chiad dà bhliadhna lùghdachadh sam bith dha daoine ionadail dh'fhaodadh an suim a bhith gu math nas àirde na £500,000, agus rudei-

gin eadar sin agus £1 millean."

A rèir Mhgr Pict bu chòir don chomhairle a thighinn còmhla riutha san iomairt airson dearbhadh nach robh còir aig duine sam bith na cisean a phàigheadh.

"Cha deach ainm sgrìobhte a chur air a' chead oifigeil, mar sin cha robh seasamh aige ann an lagh," dh'innis e. "Tha sin a' ciallachadh gun robh e mì-laghail iarraidh cisean agus cha robh ùghdarras aig a' chompanaidh cosgais a chur mu choinneimh.

"Tha sinn air cluinntinn sna beagan làithean a dh'fhalbh gu bheil cosgaisean a bharrachd a' tighinn air a' chomhairle air sgàth prìs àrd a' chonaidh agus gum bi na buidseatann aca a-mach co-dhiù suas ri £1 millean. Chuidicheadh an suim a phàigh iad ann an cisean, a chaidh an cruinneachadh gu mì-laghail, airson am beàrn sin a lìonadh."



Botal uisge beatha ri bhuanachadh.

Tha 'An Gàidheal Ùr' agus an uisge-beatha 'Islay Mist' a' ruith farpais airson ar luchd-leughaidh. Freagair a' cheist seo gu h-ìosal 's cuir thugainn i agus thèid d' ainm a chur ann an aid airson botal dhen uisge-bheatha fhaighinn agus sgàilean le ainm a' chompanaidh

Dè an t-uisge-beatha eile no a' bhraich ainmeil a tha na mheadhan air Islay Mist a dhèanamh?.....

Ainm:.....

Seòladh:.....

Cuir do fhreagairt air ais gu: An Gàidheal Ùr, Taigh a' Mhorair Leverhulme, Ceàrnag Phearsabhail, Steòrnabhagh, Eilean Leòdhais, HS1 2DD.

'S e Islay Mist uisge-beatha urrasachd a' Mhòid Nàiseanta Rioghail

An Gàidheal Òg

CEISTEACHAN CHEANGLAICHEAN

A. Ceangal ainm an là ris an deit.

1.	Là Buidhe Bealltainn	a.	25 Dùbhlachd
2.	Oidhche Shamhna	b.	1 Giblean
3.	Là Naomh Anndra	c.	1 Cèitean
4.	Là na Gocaireachd	d.	30 Samhain
5.	Là na Nollaig	e.	31 Damhar

B. Ceangal ainm Gàidhlig a' bhaile ris an ainm Beurla.

1.	Drochaid Sgudail	a.	Roy Bridge
2.	Baile Dhubhthaich	b.	Falkirk
3.	An Drochaid Ruadh	c.	Spean Bridge
4.	An Gearasdan	d.	Dingwall
5.	Inbhir Pheotharain	e.	Fort William
6.	Drochaid an Aonachain	f.	Conon Bridge
7.	An Eaglais Bhreac	g.	Tain

C. Ceangal an dà fhacal a tha a' ciallachadh an aon rud. Ma tha thug a fhaighinn duilich, faodaidh tu faclair a chleachdadh.

1.	bàta	a.	cuan
2.	rionnag	b.	saoibhir
3.	coibhneil	c.	bòidheach
4.	muir	d.	eathar
5.	tonn	e.	feargach
6.	balach	f.	reul
7.	nighean	g.	stuagh
8.	brèagha	h.	gille
9.	beartach	i.	còir
10.	fiadhaich	l.	caileag

D. Ceangal am batal ris an deit.

1.	Allt a' Bhonnaich (Bannockburn)	a.	1815
2.	Cuil Lodair (Culloden)	b.	1411
3.	Trafalgar	c.	1745
4.	Waterloo	d.	1266
5.	An Leargaidh Ghallda (Largs)	e.	1314
6.	Cath Gairbheach (Harlaw)	f.	1805

Feuch am faigh thu a-mach beagan mu cò na taobhan a bha a' cogadh an aghaidh a-chèile anns na batail sin.

E. Ceangal na seann àireamhan agus an fheadhainn ùra.

1.	Seasgad	a.	Ceithir fichead
2.	Ceathrad	b.	Trì fichead 'sa deich
3.	Seachdad	c.	Deich air fhichead
4.	Caogad	d.	Trì fichead
5.	Ochdad	e.	Dà fhichead
6.	Naodhad	f.	Leth-cheud
7.	Trithead	g.	Ceithir fichead 's a deich

F. Ceangal na bailtean agus na h-eileanan anns a bheil iad.

1.	Loch Baghasdail	a.	Uibhist a Tuath
2.	Bàgh a' Chaisteil	b.	Ile
3.	Tobair Mhoire	c.	Leòdhas
4.	Bogha Mòr	d.	Beinn na Fadhlà
5.	Port-rìgh	e.	Uibhist a Deas
6.	Steòrnabhagh	f.	Muile
7.	An Tairbeart	g.	An t-Eilean Sgiathanach
8.	Baile a' Mhanaich	h.	Barraigh
9.	Loch nam Madadh	i.	Na Hearadh

Ath-bheòthachadh dha na h-ealain ann an Innse Gall

Air a' chiad là dhen ath mhios thèid togalach ùr An Lanntair ann an Steòrnabhagh, a chosg £5 millean, fhosgladh.

Bidh grunn ghoireasan ùra ri fhaighinn ann mar àite-bidhe, theatar, taigh-seinne is gaileiridh.

Thàinig taic-airgid airson na pròiseict bho Chomhairle Ealain na h-Alba, Iomairt nan Eilean Siar agus Comhairle nan Eilean Siar.

Thuir Mairianna Chaimbeul bhon Lanntair: "Tha fosgladh An Lanntair ùir gu bhith na cheum mhòr dha goireasan ealain air feadh Alba. Tha an togalach fhèin na phios ailtireachd phoblach cho cudthromach 's tha na h-eileanan air fhaicinn ann am bliadhnan, ach tha e comharrachadh fada barrachd na sin."

"'S e seo aon de na tachartasan as motha sna h-eileanan a-thaobh eaconamaidh is cultar agus tha a' comharrachadh clach-mhìle ann an amas Chomhairle Ealain na h-Alba gus cothrom a thoirt dhan h-uile duine air na h-ealain agus bunaiteachd coimisean cultarail Riaghaltas na h-Alba."

Chaidh An Lanntair a chruthachadh ann an 1985

agus tha e air a bhith stèidhichte ann an talla a' bhaile, ged a tha sin air a bhith fada ro bheag airson fheumalachd, gun luaidh air leasachaidhean sam bith a thoirt gu buil.

Ach, an ath mhios bidh an togalach ùr air leth trang oir chan e a-mhàin gur e a' chiad mhios a bhios e fosgailte ach bidh e cuideachd na mheadhan dha na tachartasan aig a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail.

Thuir stiùiriche An Lanntair Ruairidh Moireach: "Tha an t-ionad ealain seo air a bhith na amas dhan choimhearsnachd bho chaidh ùghdarrasan ionadil ath-nuadhachadh ann an 1975. Ach cha tàinig e gu buil gun deach An Lanntair a chruthachadh ann an 1985 agus gun deach airgead an lotaraidh fhaighinn tro Chomhairle Ealain na h-Alba."

Thèid taisbeanadh a chur air dòigh sa chiad dol a-mach mu dheidhinn seann àite-gnìomhachais sheòl a b' àbhair a bhith ann an Steòrnabhagh agus thèid dealbh-chluich a chur air an àrd-ùrlar, "A Beautiful Day", le sgrìobhaiche is cleasaiche bho na h-eileanan, Iain Fionnlagh MacLeòid is Iain MacRath.



Chithear An Lanntair ùr gu foillseachadh a' coimhead a-mach air caladh a' bhaile

Tha Am Mòd Nàiseanta Rìoghail a cuir fàilte air An Lanntair ùr Thèid tachartasan Mòd 2005 air adhart anns An Lanntair mar a leanas:

Duaisean Litreachais 12 meadhan latha Diardaoin 20mh Dàmhair
Cèilidh an Neach-gairm 10.30f

Dihaoine 14mh Dàmhair
Fosgladh a' Mhòid 8.30pm

Dimairt 18mh Dàmhair
Farpaisean na Cloinne 9am

Diluain 17mh Dàmhair
Farpaisean na Cloinne 9am

Diciadain 19mh Dàmhair
Farpaisean nan Inbheach 9am

Airson tiocaidean agus fiosrachadh Cuiribh fòn gu 01851 703487

an Lanntair

- exhibitions taisbeanaidhean**
Iongnadh san Lanntair **TAISBEANADHEAN** luchd-ealain ionadail & taisbeanaidhean eadar-nàiseanta
An Lanntair Sràid Choinnich Steòrnabhagh Eilean Leòdhais Alba HSI 2DS Fòn 01851 704 099 Fax 01851 703 307 Email: info@lanntair.com www.lanntair.com
- events tachartasan**
Còrdadh san Lanntair **TACHARTASAN BEÒ** Tachartasan eadar-dhealaichte bho dhealbhan-cluiche gu cèilidhean
Aisling san Lanntair **TAIGH-DHEALBH** bhon Dùbhlachd a-mach bi filmean gan sealltainn 3 oidhche san t-seachdain
Thigibh a thoirt sùil mun cuairt, dhuibhse tha an togalach
- cinema taigh-dhealbh**
Cruthachail san Lanntair **BÙTHAN-OBRACH** bùthan-obrach agus cur-seachadan dha gach neach
Dèanaibh feum dhan bhàr agus dhan taigh-bidhe
- education foghlam**
Ceannaich san Lanntair **BÙTH** stuth-ealain innse-gall, tiodhlacan sònraichte agus cuimhneachain
Fosgailt bho 10:00 sa mhadainn gu anmoch Diluain gu Disathairn
- shop buth**
Sitheil san Lanntair **BÀR & TAIGH-BIDHE** biadh math, seallaidhean àlainn agus deagh chraic
- bar & kitchen bar agus cidsen**
Coimhearsnachd agus gnìomhachas **GOIREASAN** air mhàl airson na coimhearsnachd agus airson gnìomhachas
- facilities goireasan**

"A Mhnathan 's a Dhaoin' uasail ... tha a' chiad tachartas aig An Lanntair a' tòiseachadh an ceartuir!"

Gu togarrach, tha togalach ùr An Lanntair a' fosgladh anns an Dàmhair. Am measg nam prìomh nithean:

- 1/10/05 Bidh latha fosgailt' ann air Disathairn, a' chiad latha dhen Dàmhair. Thig a chèilidh agus bi am measg a' chiad fheadhainn a chì an togalach ùr seo ann an Steòrnabhagh. Air an latha, bidh iomadh tachartas a' dol air adhart airson sealltainn mar a dh'obraicheas an togalach, agus airson gun còrd an latha ribh nas fheàrr. Tha gach nì an-asgaidh agus bidh fàilte air a h-uile duine.
- 1-31/10/05 Bidh a' chiad taisbeanadh, An Lobhta nan Seòl, ri fhaicinn. Tha e freagarrach gu bheil e stèidhichte air ùrachadh an Lobhta nan Seòl, a tha na phàirt de eachdraidh Steòrnabhagh, dìreach mar a tha An Lanntair mar chomharra air an àm ri teachd.
- 7 & 8/10/05 'S e a' chiad tachartas a bhios againn prìomh-fhosgladh de "S e latha brèagha a bh' annam" le Iain Fionnlagh MacLeòid bho Thaigh-cluiche an Traverse.
- 17-19/10/05 Am measg nan rudan eile a tha a' tachairt air a' mhios sin tha am Mòd Nàiseanta Rìoghail, cuirm-chiùil de cheòl traidiseanta le seinneadairean à seo fhèin, agus Dòmhnall MacIlleDhuibh 's a charaidean.

www.lanntair.com



Scottish Arts Council

Ag eàrlaiseachadh thiceadan info@lanntair.com 01851 70330

An Gàidheal Ùr

Bha abairt ann uaireigin “Nuair a nì na Stàitean Aonaichte sreothart, glacaidh an còrr dhen t-saoghal fuachd” agus ‘s dòcha gu bheil na làithean seo fhèin a’ dearbhadh firinn an t-seanfhaicail sin.

Oir ri linn Doineann Catriona is an sgrìos a rinn i ann an ceann-a-deas nan Stàitean, tha cheana prìs a’ chonnaidh air feadh na rìoghachd seo air dìreadh suas ‘s a-nis an còrr dhen dùthaich a’ gearain gu dubh gu bheil aca ri timcheall air £1 a phàigheadh airson liotar peatrail — prìs a tha sinne air A’ Ghaidhealtachd agus anns na h-Eileanan Siar air a bhith a’ pàigheadh a-nis o chionn deagh ùine.

Tha fhios againn uile nach e dìreach Doineann sgrìosail Catriona as coireach airson prìs àrd a’ chonnaidh. Tha iomadach adhbhar eadar-nàiseanta air a shon, agus nam measg nach eil ‘refineries’ gu leòr ann air feadh an t-saoghail airson an ola a tha tighinn às na cuantan agus às an talamh eagrachadh. Tha na ceistean mòra romhainn uile: a bheil ola gu leòr idir ann? Dè cho fad ‘s a mhaireas an ola (‘s an gas) a th’ ann? Dè an cron a tha an gnìomhachas mòr seo a’ dèanamh air an àrainneachd? Cuin a tha an saoghal leasaichte — agus gu seachd àraidh na Stàitean Aonaichte fhèin — a’ dol a chruthachadh poileasaidh ciallach a thaobh na h-àrainneachd, agus cuin a thòisicheas iad a’ gearradh air ais air na tha iad a’ cleachdadh de chonnadh?

Nas cudthromaiche buileach, ‘s dòcha, tha na ceistean mu dhòighean eile airson connadh fhaighinn agus ar gnìomhachasan a ruith. Cuin a chuireas sinn airgead ciallach a-steach gu rannsachadh is leasachadh a dhèanamh air mar a b’ urrainn dhuinn ar cuid chàraichean is eile a ruith le cumhachd hydrogen, mar eisimpleir? Agus an lùib sin cuideachd tha ceistean cumhachd niùclasach — an e sin an dòigh? Agus — ‘s dòcha nas fhaig òirnn fhìn — an e pàirt dhen fhuasgladh cumhachd na gaoithe (mòintichean ann no às) agus cumhachd na mara? ‘S e ceistean mòra a tha sin a dh’ fheumas am freagairt, agus a dh’ aithghearr — ceistean mòra poileataigeach agus eaconomaigeach agus cultarach agus, gu dearbha, moralachd.

Ach an-dràsda tha ceist eile againn dhan Riaghaltas againn fhèin — anns an èiginn anns a bheil sinn an-dràsta, cuin a mhothaicheas iad gu bheil feum aca air poileasaidh sònraichte a chur an gnìomh airson beòshlaint na Gaidhealtachd agus nan Eileanan a dhìon?

Tha prìs a’ chonnaidh, fhad ‘s a tha e a’ sìor àrdachadh, a’ dol a chur iomadach coimhearsnachd agus iomadach gnìomhachas an seo ann an cum-nart. Oir aon uair ‘s gun tèid prìs a’ chonnaidh an-àirde, thèid gach prìs eile an-àirde. Tha a’ Ghaidhealtachd agus na h-Eileanan a’ crochadh nas motha na iomadach sgìre eile air bathar is biadh a’ tighinn a-steach agus a’ dol a-mach, agus aon uair ‘s gun tèid prìs a’ chonnaidh an-àirde, thèid faraidhean, prìs a’ bhidhe agus eile.

Feumaidh an Riaghaltas Làbarach seo aithne ghabhail dhan sin, agus rudeigin a dhèanamh mu dheidhinn. Feumaidh iad poileasaidh a tha fosgailte agus fuasgailte agus cruthachail a dhealbh anns am faigh sgìrean dùthchail mar seo faochadh nas motha na sgìrean eile a thaobh cisean agus prìsean.

Tha an Riaghaltas againn daonnan ag ràdh gu bheil dòigh-beatha na rìoghachd seo prìseil dhaibh. Tha sinne mar phàirt bhunaiteach dhen dòigh-beatha sin — a cheart cho prìseil ri na Cricketing Counties a bhuannaich na h-Ashes an latha roimhe. Ma tha sin firinneach, dearbhadh iad e a-nis le bhith a toirt an aon fhàilte dhan iarrtas againn ‘s a thug iad dhan sgioba criogaid aig 10 Downing Street.

Chan eil fada bhon a bha Patricia Nic Fhearghais bhon Riaghaltas thall ann an Hiort a’ comharachadh gun robh 75 bliadhna on a dh’ fhàg na daoine. Chan eil sinn ag iarraidh gach eilean eile a bhith mar Hiort, brèagha ach balbh is sàmhach gun choimhearsnachd ann ach coimhearsnachd nan eun.

.....

Beachd

An t-atharrachadh ann an gnè luchd-labhairt na Gàidhlig



Le Aonghas Pàdraig Caimbeul

Tha mi air a bhith a’ leughadh trì leabhraichean an-seo o chionn ghoirid — Labyrinths, le Jorge Luis Borges, ‘Air do Bhonnanagan a ghaoil’ — rannan chloinne ann an Gàidhlig air an cruinneachadh le Tormod Caimbeul — agus ‘A Waxing Moon’ — eachdraidh de Shabhal Mòr Ostaig agus leasachaidhean na Gàidhlig air a sgrìobhadh le Roger Hutchinson (‘s chaidh an obair sin cuideachd eadar-theangachadh le cuideigin dhan Ghàidhlig ‘s the e ri fhaotainn fon ainm ‘Gealach an Fhàis’).

Ann an dòigh, chan eil ceangal sam bith eadar na trì leabhraichean, ach dìreach a chionn ‘s gu bheil mi air a bhith gan leughadh uile aig an aon àm (greis air aon ‘s greis air fear eile) tha iad air snámh a-steach nam cheann dhan aon amar, mar mhucmhara is leòbag is sgadan.

B’ e sgrìobhaiche iongantach a bh’ ann am Borges. Rugadh e ann an Buenos Aires ann an 1889, ‘s ged a chaidh fhoghlamachadh anns an Roinn Eòrpa b’ e Airginteanach a bh’ ann gu chùil. Bhàsaich e ann an Geneva ann an 1986. Tha na sgeulachdan aige uile goirid agus gu ìre mhòr ceangailte ri tim agus gnìomh — bha e an-còmhnaidh a’ faighneachd na ceist “Dè a mhaireas?” air neo (a chur ann an dòigh eile) “Ciamar a tha cuimhne ag obrachadh?”

Bha e a’ faicinn na cuimhne mar rud fosgailte fuasgailte a bha ag atharrachadh fad na h-ùine a rèir mar a bha thu a’ coimhead oirre. An rud a bha cinnteach a’ fàs neo-chinnteach; an rud a bha soilleir a’ fàs doilleir; an rud a thachair, mar nach do thachair e idir agus — gu tric — an rud nach do thachair fhathast cheana air tachairt. Mar sin, tha tim fhèin, a rèir do lèirsinn: chan eil iongnadh gur e Fictions a thug e air leabhar eile a thug e a-mach, oir bha e gu làidir dhen bheachd gur e dìreach ficsean a bha ann an tim fhèin.

Bha pàirt dhe sin nam cheann fhad ‘s a bha mi a’ leughadh tron chruinneachadh de rannan-chloinne a tha Tormod a’ Bhocsair air chur an cèill airson Acair. Tha an leabhar ùr seo — ‘Air do Bhonnanagan a Ghaoil’ mòr agus dathach agus simplidh agus math.

Tha e cho fìor mhath — mu dheireadh thall — leabhar dhen t-seòrsa seo fhaicinn ann an Gàidhlig. Nach eil sinn uile air a bhith seachd searbh sgìth le leabhraichean ‘paste-on’ anns a’ Ghàidhlig fhad ‘s a bha na leabhraichean-cloinne Beurla daonnan mòr agus dathach agus taitneach agus tarraingeach.

Mar a tha Tormod fhèin ga chur anns an ro-ràdh aige - “Bhiodh sinn ga fhaighinn air a’ phost gach bliadhna aig àm na Nollaige. Am measg nan tiodhlacan eile — leabhar nam Broons, creidheanan, jigsaws, snakes and ladders agus sherbet — bhiodh an-còmhnaidh leabhar le na nursery rhymes. Bha iad ùr, le fàileadh ùr, glè eu-coltach

ri na leabhraichean-sgoile againn — Radiant Reader, Leabhar na Coinne Bige — a bha cho aosta ri Meatùsela agus cho glas.....”

Tha an leabhar ùr seo, le aon sguab, a’ ceartachadh sin, oir a-nis tha aon rud co-dhiù a cheart cho deàrach againne ri Little Miss Muffet agus ri Old King Cole fhèin. Uile gu lèir, tha còrr air 250 rann anns an leabhar, bho Chuir iad an t-sùil à Poidhleat gu Deich Balaich Bheaga Dhubha, eadar Salm 23 agus Tugainn a dh’Iomain.

Bidh fèill mhòr air an leabhar seo anns an taigh againne, agus cheana tha sinn air cruinneachadh timcheall ‘s cuid dhe na rannan a leughadh (no aithris) ri chèile. “Hoidh - an cual’ thu an tè seo:

*Brògan bioracha barracha dubha,
Brògan biorach air mac Iain Duinn,*

*Brògan bioracha barracha dubha
Dreadh a’ bhruthaich air mac Iain Duinn!”*

Tha na dealbhan anns an leabhar math fhèin — ‘s e Robin Bans agus Cairistiona Chaimbeul agus Màiri Kidd a rinn iad, agus mo mheala-naidheachd orrasan cuideachd, mar gu Tormod fhèin agus luchd-foillsichidh Acair.

Agus saoilidh mi gur e seo an rud as fheàrr: nach eil an seo ach dìreach grunn phucaidean às an tobar. Shaoilinn gu bheil fhathast na ceudan — na mìltean — de rannan eile a-muigh an sin fhathast anns na coimhearsnachdan a b’ fhiach fhaicinn cuideachd ann an clò. Tha an leabhar a’ dearbhadh — a dh’aindeoin gach nì — gu bheil dualchas chloinne againn a tha cheart cho èibhinn ‘s cho spòrsail ‘s cho eireachdail ‘s a bha aig sluagh sam bith eile. ‘S e dìreach nach d’ fhuair sinn riamh e ceart ann an dath mar seo, mar bu chòir, ‘s bu mhòr am beud.

Ach tha a-nis, agus ‘s rud a tha sin a tha toirt urram is cliù, mar bu chòir, dhan dualchas againn fhèin.

Tha an treas leabhar ‘Gealach an Fhàis’ a’ dèanamh sin cuideachd gu ìre, ged is ann do luchd-leasachaidh Sabhal Mòr Ostaig as motha a tha an t-urram sin a’ dol. Tha an leabhar seo (a tha air fhoillseachadh le Mainstream) a’ toirt cunntas mhionaideach air mar a dh’ fhàs Sabhal Mòr anns na deich bliadhna fichead a tha air a dhol seachad.

‘S e slighe fhada, dhoirbh a bha sin agus bha saothair mhòr aig iomadach neach ‘s tha sin air ainmeachadh agus air aithneachadh anns an leabhar. Torr choin-

neamhan is sireadh airgid. An t-uabhas briseadh-cridhe agus briseadh-dùil ach cuideachd mìorbhailean mòra a dh’ fhàg an t-ionad foghlaim àraidh seo againn an-diugh. Chan eil a leithid eile ann, agus tha e air diofar mòr a dhèanamh chan ann a-mhàin do Shlèite far a bheil mi fhìn a’ fuireach ach do shaoghal na Gàidhlig air feadh an àite.

Tha SMO air a bhith aig teas-mheadhan ùrachadh Shlèite agus tha iomadach neach (mi fhèin nam measg) agus iomadach teaghlach òg an seo an-diugh nach biodh ann mura b’e gun tug an Sabhal Mòr an seo iad anns a’ chiad àite.

Shaoil mi gum b’e an rud a b’ inntinniche a bha anns an leabhar an aideachadh a rinn Ceannard an Fhoghlaim Iain Tormod MacLeòid còir gu bheil bun-stèidh air neo feallsanachd na Colaiste air atharrachadh gu tur anns na fichead bliadhna a tha air a dhol seachad.

Aig aon àm, tha Iain Tormod ag ràdh, b e làn amas an t-Sabhail Mhòir Gaidheil òga anns na bailtean agus na coimhearsnachdan agus na sgìrean Gaidhealach fhèin oideachadh tro mheadhan an cànan fhèin, ach mar a dh’ obraich cùisean a-mach chan e sin a tha a’ tachairt an-diugh anns a’ chumantas.

Cha robh gu leòr de Ghaidheil a bha fileanta a’ tighinn chun na Colaiste agus mar sin thionndaidh a’ Cholaiste nas motha agus nas motha gu luchd-ionnsachaidh a bha ag iarraidh tighinn chun na Colaiste. B’e sin a’ mhargaidh: na ceudan (no na mìltean) de luchd-ionnsachaidh. Mar a Iain Tormod ga chur “Ann an 1983, bha seachd oileanaich againn. Fichead bliadhna air adhart, tha còrr is ceud oileanach againn an-seo, agus ‘s e luchd-ionnsachaidh a th’ anns a’ mhòr-chuid a tha air a’ chànan ionnsachadh gu math agus aig a bheil deagh mhisneachd an cànan a chleachdadh. Tha iad sin a-nis a’

dèanamh suas eadar 70 agus 80% dhe na h-oileanaich againn.”

‘S i ceist mhòr a th’ ann dhuinn, saoilidh mise, dè a thachair dha na tùsanaich. An e nach eil gu leòr de fhileantaich òg againn? Air neo an e nach eil iad ag iarraidh a dhol gu Sabhal Mòr? An e gun fheàrr leotha fhathast a dhol a Ghlaschu no a dh’ Obar Dheathain no a Dhùn Èideann dha na Oilthighean agus na Colaistean an sin airson an cuid foghlaim? ‘S a bheil e gu diofar?

Saoilidh mise gu bheil. Saoilidh mi gu bheil e cudthromach gu bheil am meidh eadar fileantaich agus luchd-ionnsachadh air a chothromachadh airson an dà thaobh, mar gum biodh. Tha e riatanach do luchd-ionnsachaidh a bhith am measg fhileantach, mar a tha math do fhileantaich a bhith am measg luchd-ionnsachaidh.

‘S e an t-eagal a th’ orm, ge-tà, gu bheil luchd-labhairt na Gàidhlig air crìonadh cho mòr ‘s gu bheil am meidh seo, ma bha e a-riamh ann, a’ meirgeadh air ar beulaibh, ‘s gu bheil a’ cheist — mar an tìm aig Borges — farsaing fosgailte gach latha. Co dha a tha an pàipear-naidheachd seo, mar eisimpleir, ‘s a bheil duine ag èisteachd ri facal a chanas tusa no mise?

No mar a tha fear de rannan Thormoid ga chur:

*“Sheall Bodach na Gealaich
A-mach às a’ ghealaich
Is thuir e le fiamh a’ ghàire:
‘The thid’ aig a’ chloinn
A tha shìos air an talamh
A-nis dhol a chadal gu màireach.”*

‘S chuimhnicibh, a reir tomhas B Borges, gu bheil a-màireach againn cheana!



COINNEAMH FHOSGAILTE

Thèid coinneamh fhosgailte a chumail ann an Ionad Cho-Labhairt, Colaisde a' Chaisteil, Steòrnabhagh, air Diardaoin an 22mh den t-Sultain 2005 aig 4.30 feasgar.

Thèid an Aithisg Bhliadhna airson 2004/05 agus obair na bliadhna chaidh seachad fhoillseachadh aig a’ Choinneamh agus bidh neach-labhairt bho Plana Cànan nan Eilean Siar an làthair agus taisbeanadh a dhèanamh air a' Phlana.

Thigibh is bidh fàilte oirbh.

OPEN MEETING

There will be an open meeting in the Conference Centre, Lews Castle College, Stornoway, on Thursday 22nd September 2005 at 4.30pm.

CnaG's 2004/05 Annual Report will be published and a presentation on the year's activities will be given. A representative from the Western Isles Gaelic Language Plan will also be in attendance to give a presentation on the Language Plan.

A warm welcome is extended to all.

Litrichean gu:

Taigh a' Mhorair Leverhuime
Ceàrnag Phearsabhail
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2DD
Fòn: 01851 703467
Facs: 01851 706467

Nochd dà leabhar ùr Gàidhlig bho chionn ghoirid a-mach as an t-sreath soirbheachail “Ùr-sgeul”. Ann an seo tha Aonghas “Dubh” MacNeacail a’ toirt suil air “Na Klondykers” agus “Gymnippers Diciadain”

Slighe ioma-cheumach beò ann an mac-meanmna an leughadair

Nuair is fheadar dhan leughadair e fhèin a cheannsachadh bho dhol gu deireadh an leabhair gus faighinn a-mach ciamar a tha e a’ crìochnachadh, ged nach biodh ach grunnan chaibidlean air fhàgail — saoilidh mi gur e deagh chomharradh a tha sin gu bheil an sgrìobhadair air mac-meanmna a’ phearsa eile thoirt a-staigh do shaoghal na sgeòil. Abradh sibhse “briathran air an duilleig, sin uile” ach tha mise faicinn DJ agus Caroline nan suidhe aig a’ bhòrd ud a’ gabhail an cofaidh fhad ‘s a tha Brian, a mhac, agus Oighrig, a nighinn-se, a-staigh aig na Gymnippers.

Cò shaoileadh gun dèanteadh nobhail à suidheachadh cho mì-dhòchasach ri siud; dithis a’ dèanamh còmhraidh ri chèile, uair san t-seachdain, ann an togalach mòr, lom, neo-phearsantail? ‘S e sgil Mhartainn Mhic an t-Saoir mar sgrìobhadair gu bheil e dèanamh a’ ghnòthaich air chan e mhàin sin a dhèanamh ach ar tarraing leis, gu h-ùidheil is gu dòchasach, tro gach caibidil, paragraf, facal is lid dhen rathad.

Tha cruth àraid air an nobhail seo. Tha a’ phrìomh sgeulachd, mu na coinneachaidhean eadar an dithis, ann an cruth seòrsa de leabhar-latha, anns nach eil, gu ìre

mhòr, ach Diciadainnean (an latha tha na Gymnippers a’ tighinn còmhla, aig an Drum Brae Leisure Centre, t- uabhas — a’ tachairt. Paisgt’ am measg nan inntrigeadh seo, gheibhear eadar-sgeulachdan a tha nochdadh chrìomagan de bheatha dhaoine eile, aig a bheil ceangal, fada mach no dlùth, ri na prìomh characteran.

Mar seo, tha Mac an t-Saoir a’ cur dà shruth de thòimhseachain mun coinneimh: dè tha dol a thachairt eadar DJ is Caroline, agus ciamar a tha na taobh-sgeulan dol a dh’fhilleadh a-staigh dhan phrìomh-shruth? Chan e dè an ath rud a tha dol a thachairt a tha gar tàladh cho mòr ri dè tha sinn dol a dh’fhaighinn a-mach, bho Charoline is Dhòmhnall Sheumas, mun deidhinn fhèin is mu an saoghal eòlach ach eadar-dhealaichte.

Ann an aon seagh, tha siubhal an nobhail mar abhainn fhar-saing: aig amannan saoirear nach eil gluasad air a bàrr, ach gu h-iseal, tha sruthan is saobh-shruthan a’ fighe ‘s a’ fuaigheal na sgeòil fhèin gun tàmh. Bhon chiad dhuilleig chun an tè mu dheireadh, tha crìomagan fiosrachaidh a’ nochdadh, mar gum b’ e gràinnean gainmhich, lìonmhorachd dhiubh, a mhùchas gu neamhnaidean, ann an eisir mòr an

t-seanchais.

Cò iad, an dithis a tha toirt cnàmh-droma dhan leabhar? Às Uibhist a Deas a tha esan, ged a tha bliadhnaichean ann bhon a bha e dhachaigh. Tha tagsaidh aige, trìùir chloinne, bean, às Dùn Èideann fhèin, leis nach eil e ro chàirdeil agus mathair-chèile, leis nach eil e idir càirdeil. Bha h-atharsa à Tarscabhaig, san Eilean Sgiathanach, ‘s tha a màthair air ais ann an dùthaich a h-àrach-sa, an Fhraing. Tha beatha chofurteil aice fhèin; càr mòr brèagha agus taigh mòr ann am Barnton. Ach ged a tha tuarastal math aig an duine aice, chan ann gu sgoil phrìobhaideach a tha an nighean as sine dol ach gu Tòlchrois chun an sgoil Ghàidhlig.


Leis a’ Ghaidhlig na cùis-dàimh dhaibh, tha sinn gam faicinn a’ sior fhàs càirdeil dha chèile, beachdan agus eachdraidh a’ nochdadh ann an conaltradh, ann an dòigh a tha a’ cur, gu sgileil, ris an eòlas a tha aca air a chèile, agus againne orrasan. Nuair a thèid esan a dh’Uibhist, an dèidh bàs a mhàthar, agus ise anns an Eilean Sgiathanach, le cothrom na h-aiseige eatorra, chan eil càil a dhùil aig an leughadair nach tig iad còmhla, anns an dòigh a tha an deòin gan tarraing. Agus, ann an seagh, ‘s ann air na tha tachairt an

uairsin a tha an sgeul a’ tionndadh.

Stèidhich an sgrìobhadair ainmeil Èireannach, James Joyce, an nobhail mòr aige, Ulysses air na thachair air aon latha ann an 1904. Ceud bliadhna eile agus tha Mac an t-Saoir cheart cho mionaideach mu na tha tachairt air gach Diciadain bho thoiseach gu meadhan na bliadhna 2004, le naidheachdan an t-saoghail air am fighe a-staigh am measg sgeòil nam prìomh character agus an teaghlach.

Tha poileataigs na Gàidhlig a’ faighinn àite, agus pearsachan air am bi luchd-leughaidh an ama seo fhèin eòlach, mar Coinneach Mac Guaire agus Hugh Dan. Ma tha teagamh àraid ann mun leabhar seo, seach gu bheil, fìor chorra uair, a’ chainnt beagan ro thomadach, ‘s e gu bheil cuid dhe na tachartasan cho ceangailte ris an am gum bi an sgeul ri faicinn, ann an ùine ghoirid, mar rud a tha air fuarachadh dhan leughadair. Saoilidh mi, ged-thà, gu bheil smachd an ùghdair air an aithris làidir gu leòr airson sin a sheachnadh.

Mar a bhios fhios aig an fheadhainn a leugh sgeulachdan goirid Mhic an t-Saoir, tha e air leth co-



masach air a dhol am bogadh anns a’ mhòmaid, le soilleireachd a tha gar tarraing a-staigh dhan sgeul còmhla ris. Ann an Gàidhlig shiùbhlich (le chluas mhion-aideach a’ sònradh nan dual-chainnt), a tha gabhail a-staigh chrìomagan de Bheurla, Frangais agus Beurla Ghallda Dhùn Èidinn, tha e gar toirt air slighe ioma-cheumach, a tha fuasgladh

dhuinn chan e mhàin saoghal nam prìomh character ach beatha nam fo-character cuideachd, ann an dòigh a thaitnicheas leinn, agus a bheir ar n-inntinn air ais, uair an dèidh uair, gu siubhal na sgeòil. Chan e seo leabhar a tha tighinn gu crìch leis an duilleig mu dheireadh. Fuirichidh e fada beò ann am mac-meanmna an leughadair.

Dealbh is sgeul taitneach bho pheann sgrìobhaiche òg

Dè seòrsa leabhair a tha seo? A dh’aindeoin ‘s gu bheil faireachdainn genre mun cuairt air, bhiodh e doirbh a ràdh dè an genre anns an tuiteadh e. Tha àite làidir aig gaol ann, ach cha chanar sgeul-gaol ris. Tha meirle ann, agus duine no dhà a dhèanadh murt nam faigheadh iad an cothrom, agus, aig amannan tha anail an leughadair buailteach a bhith air a glacadh le iomagain mu dè tha dol a thachairt ach cha chanar thriller ris an leabhar. Ged a tha an loch loma-làn de Ruiseanaich, chan eil sgeul air M15, CIA no KGB: uill, tha aon duine ann air a bheil cleò na diamhaireachd, ach chan ann aigesan a tha a’ phrìomh sgeul. Chan e James Bond a th’ ann, le heileacoptar, bàta-luath no Aston Martin miorbhaileach ri làimh.

Ma tha sealladh dhe gach genre ri mhothachadh anns an nobhail, ged-thà, chan eil sin idir a’ ciallachadh gur e seo sgrìobhadair leibideach, seann-fhasanta. Chan e mhàin gur e Iain Fionnlagh MacLeòid am fear as òige dhe na tha air nochdadh san t-sreath ùr, ach tha e ro fhiosrach air saoghal ealain ar latha: tha e air a bhith sgrìobhadh dràma, ann an Gàidhlig agus Beurla, airson stèids, fiolm, telebhisean agus rèidio. Tha nobhail Gàidhlig do chlànn sa phasgan cuideachd.

An sgeul seo, ged-thà. Bhon chiad fhacal, tha sinn air ar toirt a-staigh, gu dearbhachail, do bheatha nan character, an smuaintean agus am faireachdainnean. Tha feadhainn ann a tha air taobh nan aingeal (ged nach eil aon dhiubh gun lochd) agus feadhainn ann an crò an donais (ged nach eil iad gun luach) Tha an nobhail stèidhichte ann an 1989, agus a’ nochdadh mar a thug suidheachaidhean eaconomaigeach, pearsanta, ionadail agus eadar-nàiseanta, buaidh air pasgan àraid

de dhaoine, agus mar a tha coigreachd ga leaghadh le eòlas.

Tha Dhòmhnall a’ tighinn air ais beò à tubaist sgrìosail Piper Alpha beò, ach air a ghuineadh na eanchainn, ann an dòigh a tha fàgail galar na phòsadh; a bhràthair Iain, thàinig esan a-mach às an oilthigh airson an teaghlach a chuideachadh gus am faigheadh am fear eile air ais gu slàinte. Len caraaid John D tha iad nan ias-gairean air an Dawn Rose, ri linn nan Klondykers. Ged nach eil am baile air ainmeachadh, chan eil e eu-coltach ri Ulapol.

Marsanta na h-oidhche th’ ann an Jock & dèiligeadh ri stuth, agus seirbheisean, nach eil rim faotainn ri soilleireachd an latha. Meirleachan beaga, air nach iar-radh e fios a bhith aig a mhàthair, agus air a bheil smachd aige fhèin < tha e an dùil. Pàighidh an stuth a chruinnicheas e sa gheodha sheasgair aig Tuath airson na bùtha pizza tha e dol a dh’fhosgladh < tha e an dùil. Ach ‘s ann a tha e fo smachd Hector, a chaidh dhan arm, a bha còrdadh ris gun deach e air dà chuairt a dh’Èirinn a Tuath ri linn nam buairidhean, agus a thill dhachaigh le nàimhdeas dhan t-saoghal riaghailteach, agus ùidh aige ann a bhith a’ riaghladh na b’ urrainn dha dhen t-saoghal ann an dòigh a fhreagrachd air fhèin.

Am measg nan seirbheisean a tha Jock a’ cur an rathad nan Ruiseanach, tha Johann, piuthar John D, a gheibh, ri tìde, droch làimhseachadh bho Sergei < gnìomh às an èirich aimhreit eadar luchd a’ bhaile agus coimhearsnachd nan soitheach. ‘S ma tha Sergei borb, tha an sgiobair, Vitali, càirdeil, fialaidh agus uasal. Ach an toiseach ‘s e an càirdeas eadar an dà thaobh a tha toirt Iain còmhla ri Helena, tè òg bhòidheach à Mosgo.

Tha an dearbh chàirdeas a’ fàs

tro dhannsaichean, air muir is air tìr, is tro gheamaichean ball-coise. Agus, ro dheireadh na sgeòil, dlùthaichidh tubaist eile, a tha, gu ìre air èirigh às an aimhreit a thàinig eatorra, an dà thaobh. Ach roimhe sin, tha am fear annasach ud, Frank London, a bha càirdeil gu leòr, gun mòran innse mu dheidhinn fhèin, a’ tighinn gu bàrr, agus, na dhòigh phroifeiseanta fhèin, mar oifigeir cusbainn, a’ rèiteachadh stiall eile tha air ruith tron aithris, le Jock agus Hector, agus an ceanglaichean anns a’ bhaile mhor, an grèim.

Seo sgeul iomadh-fhillteach eile ann an sruth nan Ùr-sgeul. Tha MacLeòid a’ toirt dealbh dhuinn de dh’àn nuair a bha an saoghal air a roinn eadar dubh is gaol < sinn air an taobh gheal is “iadsan” san dubh. Ach chan ann mar sin idir a tha esan a’ roinn an t-saoghail. Tha math is dona air gach taobh. Thèid, agus seasaidh, gaol tro chrìochan dùthchail, agus tro chrìochan beatha is bàis.

Tha an aithris gnàthasach, siùbhlich; tha feòil air cnàimhneach nan character < chan e bùird fhuar a tha seo. Fairichidh sinn truas ris an fheadhainn a tha fulang, fiù ‘s Jock bochd an grèim ‘s bùth pizza a bhruadair na smàl. Tha bròn ann an crìoch na sgeòil, ach ‘s e bròn àrdachail a th’ ann. Tha na còmhraidhean còmhraidhail (mar a bhiodh dùil ann am fear a tha eòlach air dràma a sgrìobhadh) agus tha iomadh tionndadh bàrdail a’ cur ri siubhal na h-innse. Leugh “Na Klondykers” agus gheibh thu dealbh, anns a bheil iomadh meud; blas na h-àile anns gach aimsir, sunnd nam pearsa, sean is òg, air a mhineachadh gu sgileil. Cha b’ e cùis iongnaidh a bhiodh ann nan dèanar fiolm dhen leabhar: tha an leughadh fhèin a’ fàgail dealbh taitneach anns an eanchainn.

CHARTERED ACCOUNTANTS AND BUSINESS ADVISERS



CIB SERVICES • 63 Kenneth Street
Stornoway • Isle of Lewis • HS1 2DS
Tel: 01851 702030 • Fax 01851 702534
email: partner@cibservices.co.uk
web: www.cibservices.co.uk

THA SEIRBHEISEAN
CIB A’ GUIDHE GACH
SOIRBHEACHADH
DHAN LANNTAIR
ANNS AN IONAD ÙR
EALAIN

MURDO MACMILLAN • ALLAN MACASKILL • CALUM MACDONALD

An tuilleadh bhon BhBC air cuimhneachain cogaidh

A' Ghuth 's a' Phìob

Tha an t-sreath Strì gu Sith dìreach air tighinn gu ceann an t-seachdain seo agus na naoi-prògram-deug air cunntas mionaideach a thoirt dhuinn air na h-àmhghairean tron deach mòran aig àm an Darna Cogaidh, agus an iomadh faireachdainn a bha an cois nam bliadhnaichean duilich sin. Ach chan e sin deireadh na sgeòil idir a thaobh an fhiosrachaidh a tha BBC Craoladh nan Gàidheal gu bhith toirt dhan t-sluagh a thaobh an dàrna cogaidh.

Tha làrach lìn air tòiseachadh agus 's e Strì gu Sith an t-ainm a bhios air an seo cuideachd. 'S e gheibh daoine a thèid na lùib barrachd dhe na th' air a thasgadh aig a' BhBC de chuimhneachain nan

daoine a thàinig tron chogadh: faodar èisteachd ri cha mhòr ceud neach a chaidh a chlàradh a' bruidhinn mu na làithean sin. Gheibhear cuideachd fiosrachadh, loidhne-thìde, òrain agus bàrdachd.

'S e ar dòchas ach gum bi seo na ghoireas feumail do thidsearan a tha ag obair air pròiseactan no dha duine sam bith a tha ag iarraidh tuilleadh fiosrachaidh mun chuspair. Agus abair stòras phrìseil — a h-uile seòrsa cuimhne bho Loidhne-rèile Bhurma gu ruige an Home Guard ann an Nis, am Blitz, D-day, na campaichean anns a' Ghearmailt agus anns a' Pholainn, na sreathan shoithichean (convoys) a chùim biadh ris an Ruis agus ri Breatainn fhèin, agus

iomadh gnothach eile.

Ach chan e sin a-mhàin. Tha dùil ri sreath phrògraman eile anns an t-Samhain a thàinig bho cho-obrachadh eadar an riochdaire Annella Nicleòid aig Craoladh nan Gàidheal agus Pròiseact nan Sgeulachdan. 'S e bha seo ach ochd coinneamhan far an robh cothrom aig daoine a bha beò aig àm a' chogaidh, cruinneachadh agus cuimhneachadh. Ghabh iad àite ann an Siabost agus ann an sgìre nan Loch ann an Leòdhas, anns na Hearadh, Beinn na Faoghla, Barraigh agus an t-Eilean Sgitheanach, a thuilleadh air Glaschu agus Inbhir Nis. Chan e a-mhàin prògraman rèidio a thig às an seo — thathar an dùil CD a thoirt

seachad saor 's an- asgaidh dha na Comuinn Eachdraidh agus do sgoiltean. 'S e bhios iongantach agus inntinneach mun seo, ach gum bi farsaingeachd de chuimhneachain nan cois, eadar feadhainn a bha nan clann aig an àm, daoine a chaidh gluasad fad air falbh bhon dachaigh anns a' bhaile mhòr airson an tèarainteachd fhèin, feadhainn a chuala fuaim a' bhlàir, agus na gaisgich a rinn seirbheis ionmholta anns an Land Army. Mar as àbhaist, gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mu na gnothaichean seo gu lèir air làrach lìn Craoladh nan Gàidheal aig bbc.co.uk/strigusith.

Tha Aonghas Mac a' Phi air a bhith an sàs ann an ceòl na pìoba bho bha e òg. An-diugh, tha e air còrr is leth-cheud òran ùr Gàidhlig a sgrìobhadh, is iad uile air fuinn pùirt pìoba. Tha Rona Lightfoot is Anna Mhoireach air deich dhe na h-òrain ionnsachadh. Cluinnidh sinn na h-òrain ùra is an dà sheinneadair a' seachas ri Aonghas mun deidhinn, 's an leabhar airson Cathrannas bho bheil iad a' tighinn. A' Phìob 's an Guth air BBC Radio nan Gàidheal Disathairne 17mh agus 24mh dhan t-Sultain aig 9.30.

Ceòl is Cunntas air BBC Radio nan Gàidheal

Ma thig an smeòrach as t-Earrach tha ceòl a cheart cho binn ri chluinntinn as t-Foghar air BBC Radio nan Gàidheal. Agus tha an luchd-ciùil a tha an lùib nam prògraman Tir a' Chiùil an dòchas gun cluinnear ceileireadh binn bho sheòmraichean-sgoile na dùthcha airson nan deich sheachdainean a bhios iad air an èadhar agus as a dhèidh.

Bidh Anna Mhoireach agus Cailean MacLeòid le taic ciùil bho Anndra Yearly a' toirt togail do mhadainn Diardaoin

le sgeulachdan traidiseanta air am fighe ri chèile le ceòl beòthail air a bheil blas gu math ùr. Tha a' chiad leth dhen t-sreath ag innse ceithir sgeulachdan eadar-dhealaichte leithid "Sgeulachd a' chiobair" agus "Mac 'Ic Ailein agus Mac a' Phi". 'S e aon sgeulachd "Na trì lèintean canach" a tha ann am prògraman sia gu naoi leis an sgeulachd agus na h-òrain gu lèir anns a' phrògram mu dheireadh.

Tha Tir a' Chiùil a' tòiseachadh aig 11.25m. air Diardaoin, 15 Sultain.

Agus ma chuireas Tir a' Chiùil do

chasan a dhol 's e do chorrigan air am bi feum agad airson an t-sreath ùr de Cho Luath 's a Ghabhas a tha a' tòiseachadh dìreach as a dhèidh aig 11.40m air an aon latha. Anns na prògraman beòthail seo tha Iain MacFhionghuin agus Catriona Lexie Chaimbeul a' dèanamh an dìcheall, le tòrr plòidh agus spòrs, na sgilean obair-cinn matamataigeach againn a thoirt air adhart. 'S ann dha na bun-sgoiltean a tha na prògraman ach tha feadhainn againn ann a tha feumach air na gheibh sinn de chuideachadh leis a' chuspair seo agus tha

e ceadaichte do dh' aois sam bith èisteachd agus ionnsachadh!

Bho phrìomh àireamhan agus factaran gu bloighean co-ionann bheir "Bella Bhragail" agus "Pòl Pongail" gleansa air eanchainnean sgoilearan gus am bi iad a' faighneachd, "Calculator? Dè am feum a tha againne air a leithid?"

Ma tha prìomh àireamhan agus factaran rudeigin ro adhartach tha A' Bhùth a' fosgladh a dorsan air Diluain 12 Sultain air BBC2 Alba aig uair feasgar. Bidh Ceit is Calum a' cuideachadh sgoilearan

aig tràth-ìrean sa bhun-sgoil airson tuigse fhaighinn air cuspairean mar cur-ris is toirt air falbh gu 10 agus làithean na seachdain.

Aig uair feasgar cuideachd, gach Dimàirt air BBC2 Alba, tha Ciamar a tha e a' dol? a' toirt beagan soilleireachd dhuinn air prionnsabalan teicneolais agus saidheans. Tha seo air a dhèanamh ann an dòigh a tha gu math èibhinn agus beòthail. 'S fhiach an telebhisean a chur air dìreach airson faicinn mar a tha na beat-haichean calma a tha a' fuireach air an Eilean air an sàrachadh le muinntir an àite 's an oidhirpean air innealan ùra a chruthachadh.

Tha fiosrachadh a bharrachd airson tidsearan air an eadar-lìon aig bbc.co.uk/foghlam.



Wilma NicUalraig is Tonaigh Kearney anns a' Bhuth



Comhairle nan Eilean Siar

- **A' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig aig cridhe cultar na Gàidhlig**
- **A' Toirt Seachad Foghlaim Tro Mheadhan na Gàidhlig**
 - **A' Toirt Taic do Mhòdan Ionadail agus Buidhnean Gàidhlig**
 - **A' Cur Poileasaidh Dà-chànanach an Gníomh**
 - **Comhairle nan Eilean Siar – Ag Obair Còmhla Airson nan Eilean**



Dh'fhaodadh tusa a bhith an seo

Tha Caledonian Mac a' Bhriuthain a' cur taic ri Mòd Nàiseanta Rìoghail 2005

Gabh cuairt gu aon de na h-àiteachan as brèagha ann an Alba. Tha sinn a' dol air 26 slighean, bho chòig mionaidean gu chòig uairean a thìde air falbh. Siuthad, tadhal air aon de dh'eileanan Chluaidh is Innse Ghall. Tadhal air **calmac.co.uk** no fon **08705 650 000**



Caledonian Mac a' Bhriuthainn

Bàtaichean-aiseig nan eilean is Chluaidh

Gabh cuairt Bhriuthainneach



SEIRBHEIS NAM MEADHANAN GÀIDHLIG,

Stèidhichte ann a Steòrnabhagh, tha Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig a' pàigheadh airson 65% de na prògraman ùra Gàidhlig a tha air an craoladh air telebhisean an Alba. Tha iad air còrr is da mhìle uair a thìde de phrògraman a mhaoineachadh gu ruige seo air na sianalan analog. Ach is e am prìomh cheann-uidhe a-nise sianal digiteach a chruthachadh a shàsaicheas feum is miann coimhearsnachd na Gàidhlig agus an luchd-amhairc san fharsaingeachd.

CRAOLADH IS CONALTRADH – COTHROM NA CÒRACH

SEIRBHEIS NAM MEADHANAN GÀIDHLIG

Taigh Shìphoirt Rathad Shìphoirt
Steòrnabhagh Eilean Leòdhais HS1 2SD

Fòn: 01851 705550 Facs: 01851 706432

Posta-dealain: fios@gms.org.uk Làrach-Lìn: www.gms.org.uk